agus le bheith ag meas, agus ag gabhail re a

Mbpearfunaibh mar Fhireunaibh; ni hann,

air son ni air bith ata air na oibriughadh

ionta, no air na dheanamh leo, achd air son

Chriosd na sonar; ni mo is ann le bheith

ag meas doibh mar a Mhfireuntachd, Creid.

eamh fein, Gniomh a Ngcreidsine, no

Umhlachd air bheith eile

† do reir an Tsoisgeil; † *Soisgeulach.*

achd le Humhlachd agus

Dioladh Chriosd do mheas doibh b, air

bheith dhoibh ag gabhail agus ag focrugh-

adh air Chriosd agus air Fhireuntachd trid

Creidimh;

a Romh. viii. 30. agus Romh. iii. 24. b Romh.

iv. 5, 6, 7, 8. 2 Cor. v. 19, 21. Romh. iii. 22

24, 25, 27, 28. Tit. i. 5, 7. Ephes. i. 7. Jerm

xxiii. 6. 1 Cor. i. 30, 31. Romh. v. 17, 18, 19.

Creidimh; agus ni bhfuil an Gereideamhsa
aca natha fein, is Tiodhlacadh o DHIA e c.
c Gniomh. x. 44. Gala. ii. 16. Philipp. iii.
9. Gniomh. xiii. 38, 39. Ephes. ii. 7, 8.

II. A fe Creideamh ag gabhail agus ag
socrughadh mar so air Chriold agus air
Fhireuntachd, aon Ionstrumaint an Fhirei-
niughaidh d: gidheadh ni bhfuil fe na aonar
leis fein ann san Ti ata air na Fhireiniugh-
adh, achd ata na huile Ghrasa Slainteamhla
eile, do ghna ina chomhchuideachd, agus
ni Gcreideamh marbh idir e, achd ta fe ag
oibriughadh trid Graidh e.

d Eoin i. 12. Romh. iii. 28. agus Romh.
v. c. e Sheam. ii. 17, 22, 26. Gala. v. 6.

III. Do fhuasgail Criold gu hiomlan o
a Nainbhfiach, le na Umlachd agus le na
Bhas, an Drong ud uile ata mar so air na
Mhfireiniughadh, agus dtug fior Dhioladh,
iomlan, agus da rirleadh, do Cheartas Athar
na Naite f. Gidheadh a meud as gu raibh
fe air na thabhairt leis an Athair air an
son g; agus gur ghabhadh re na Umlachd
agus re na Dhioladh as a
† a nasgaidh. nleith h; agus iad so araon
† gu saor, ni hann air son
ni air bith iontasán; ata a Mhfireniughadh
uime

f Romh. v. 8, 9, 10, 19. I Tim. ii. 5, 6.
Eabhr. x. 10, 14. Dan. ix. 24, 26. Isai. liiii.
4, 5, 6, 10, 11, 12. g Romh. viii. 32. h 2 Ccor.
v. 21. Mat. iii. 17. Ephes. v. 2.

uime sin o shaor Ghras amhain *i*, a gcoinne gu mbiodh araon, Lan-Cheartas agus Grafa saidhbhir DHE, air na Nglorughadh ann a Bhfireunughadh na Bpeacach *k*.

i Romh. iii. 24. Ephes. i. 7. *k* Romh. iii. 26. Ephes. ii. 7.

IV. Do orduigh DIA o uile Bhiothbhuanachd, na Daoine Taghta uile d'fireniughadh *l*, agus a Niomlaine na Haimfire fuair Criosd Bas air son a Mbpeacaidhibh, agus deirigh aris chum a Mbfireniughadh *m*: gidheadh, ni bhfuilid siad air na Mbfireniughadh gus an dean an Spiorad Naomh, † *cheana. a* a nam iomchubhaidh, Criosd † *lathair, &c.* a chur riu † do rireadh *n*.

l Gala. iii. 8. *i* Phead. i. 2, 19, 20. Romh. viii. 30. *m* Gala. iv. 4. *i* Tim. ii. 6. Romh. iv. 25. *n* Coloff. i. 21, 22. Gal. ii. 16. Tit. iii. 4, 5, 6, 7.

V. Ata DIA ag mairfeadh ann a bheith ag Maitheamh Peacaidhe na Druinge ta air na Mbfireunughadh *o*: Agus ge nach feudfuid a bhfeasda tuitim o Staid na Fireunighidh *p*; gidheadh feudfuid tuitim fa Dhiomadh Athaireoil DHE, agus gun Solus a Ghnuise bheith air na aifigeadh aris doibh, no go deanuid iad fein do Irisliughadh, a Mbpeacaidh do Admhail, Maitheamhas do

o Matt. vi. 12. *i* Eoin i. 7, 9. *i* Eoin ii. 1, 2. *p* Luc. xxii. 32. Eoin x. 28. Eabhr. x. 14.

do Allughadh a Ngereideamh agus a Naith-
rige D'athnuadhughadh *q*.

q Salm. lxxxix, 31, 32, 33. Salm li. 7, 8,
9, 10, 11, 12. Salm xxxii. 5. Mat. xxvi. 75.
1 Ccor. xi. 30, 22. Luc i. 20.

VI. B'ionann, air gach Doigh dh bh fud,
Fireunughadh na Gcreidmhighe fan Fsein-
tiomna, agus Fireunughadh na Gcreidmhighe
fan Tiomna Nuadh *r*.

r Gala. iii. 9, 13, 14. Romh. iv. 22, 23,
24. Eabhr. xii. 8.

C A I B. XI.

M'an Uchdmhacachd.

I. **A** Ta DIA ag Deonughadh, iona Aon-
mhac Iosa Criold agus air a shon,
an Drong sin uile ata air na Mhfireunughadh,
a dheanamh na Nluchd-comhpairt, do
Ghras na Huchdmhacachd *a*: Tre a bhfuil
siad-air na ngabhail a Naireamh Chloinne
DE, agus ag mealtuin gach uile Shaoirse
agus Shochair shunnradhach bheanus
doibh *b*; agus tre bhfuil a Ainmsin air na
chur orra *c*, agus iad ag faghail Spiorad na
Huchdmhacachd *d*, agus Cead teachd chum
Cathair Rioghail na Ngras, le Danachd *e*,
agus

a Ephes i. 5. *b* Gala. iv. 4, 5. Romh. viii. 17.
Eoin i. 12. *c* Jerem. xiv, 9. 2 Cor. vii. 18. Foills
iii. 12. *d* Romh. viii, 15. *e* Ephes. iii. 12. Romh. v.

agus air na ndeanamh Comalach chum *Abba Athair*, do eigheadh *f*: Agus tre bhfuil Truas air na ghabhail diobh, agus iad air na Ngcoimhed, Freasdal air na dheanamh dhoibh, agus iad air na Nsmachdughadh, leis, mar le Athair *k*, gidheadh ni bhfuilid idir air na nteilgeadh dhe *l*, achd ataid air na Nfeulughadh chum La an Tsaoraidh *m*, agus ag sealbhughadh na Ngeallamhna *n*, mar Oidhrighe na Slainte Shiorruidhe *o*.

f Gala. iv. 6. *g* Salm ciii. 13. *h* Seanfhoc. xiv. 26. *i* Matt. vi. 30, 32. *l* Phead. v. 7. *k* Eabhr. xii. 6. *l* Caoi Jerem. iii. 31, *m* Ephes. iv. 30. *n* Eabhr. vi. 12. *o* *l* Phead. i. 3, 4. Eabhr. i. 14.

C A I B. XIII.

M'an Naomhthughadh.

I. **A**N Drong ata air na Ngairm go heifeachdach, agus air na Naithgeineamhuin, air bheith do Chroidhe Nuadh, agus Spiorad Nuadh, air na ngruthughadh ionnta, ataid ni is mo air na Naomhthughadh do rireadh agus † iona Mbpearfuinibh fein, † *gu Pearfunta*. tre Fearta Bais agus Eif-*gu Pearfunoil*. eirighe Chriofd *a*, le na

Phocal

a *l* Ccor. vi. 11. Gniomh. xx. 32. Philipp. iii. 10. Romh. vi. 5, 6.

Fhocal agus le na Spiorad na ngcomhnuidh ionta *b*: Ata Uachdranachd Cuirp an Pheacaidhe go hiomlan air na sgrios *c*, agus a uile Ainmanna air na nlagughadh, agus air na ngclaoidh, ni is smo agus ni is smo *d*, agus iad fein ni is smo agus ni is smo air na mbeothughadh agus air na neartughadh annsna huile Grafaibh Slainteamhla *e*, chum Fiornaomhthachd do chur a ngnìomh, ni iona Fheugmhuis nach faic Duine air bith an Tighearna *f*.

b Eoin xvii. 17. Ephes. v. 26. 2 Tessal ii. 13. *c* Romh. vi. 6, 14. *d* Gala. v. 24. Romh. viii. 13. *e* Coloff. i. 11. Ephes. iii. 16, 17, 18, 19. *f* 2 Ccor. vii. 1. Eabhr. xii. 14.

II. Ata an Naomhthachd sa air feadh an Duine go hiomlan *g*, gidheadh neamh-fhóirfe san Bheathsa, ata Fuighiol egin do Thruaillidheachd ag fantuin ann sgach Ball *h*; agus as fo ata Cogadh buanmhairthionach agus neimhreitidheach ag eirigh air bheith don Fheoil ag Miannughadh anaghaidh an Spioraid, agus an Spiorad a naghaidh na Feola *i*.

g 1 Tessal. v. 23. *h* 1 Eoin i. 10. Romh. vii. 18, 23. Philipp. iii. 1. *i* Gala. v. 17. 1 Phead. ii. 11.

III. Ann san Chogadh sa, ge go bhfeud an Truaillidheachd ata air marthuinn, lamh a nuachdar d'fhaghail gu mor, re seal *k*; gid-

k Romh. vii. 23.

gidheadh tre Sior fhritheoladh Neirt doibh,
o Spiorad Naomhthuighe Chríost, ata an
Chuid air na Aithgheintinn ag Buadhugh-
adh *l*: agus mar sin ata na Naoinh ag fas
a Ngras, ag comhlionadh Naomhthachd a
Neagal DE *n*.

1 Romh. vi. 14. 1 Eoin v. 4. Ephes. iv.
15, 16. m 2 Phead. iii. 18. 2 Ccor. iii. 18.
n 2 Ccor. vii. 1.

C A I B. XIV.

Mu Chreideamh Slainteambail.

I. **G**Ras an Chreidimh tre bhfuil na
Daoine Taghta air na ndeanamh
comafach chum Creidsin, gu sabbaladh a
Nanma *a*, is Obair Spioraid Chríost iona
Ngcroidhthibh *e b*; agus 'fann le Minio-
stralachd an Fhocail is gnath leis bheith air
na Oibriughadh *c*: leis so fos agus le
Fritheoladh na Nsacramuinteada, agus
Urnúighe, ata se ag dul a Mead, agus air
na Neartughadh *d*

a Eabhr. x. 39. *b* 2 Ccor. iv. 13. Ephes.
i. 17, 18, 19. Ephes. ii. 8. *c* Romh. x. 14,
17. *d* 1 Phead. ii. 2. Gniomh. i. 16, 17.

II. Leis an Chreideamhsa ata Críostuidh
ag creidsin, gur fíor gach einni ata air na
fhoillsiughadh san Fhocal, air son Ughdar-
dhas

dnas DHE fein ag labhairt
 † ag gníomhadh. *anna e*, agus ata se ag † oib-
 riughadh gu heugtlambail
 air an ni ata air na chur síos ann ígach aite
 fa leth-dhe; *eadhon* ag tabhairt Umh-
 lachd do na Haitheanraibh *f*, ag criothnugh-
 adh ris na Bagraidhibh *g*, agus ag dlú-
 ghabhail Geallamhna DHE thaobh na
 Beathasa, agus na Beathaidh ata re teacad *h*.
 Achd siad Gníomha airid an Chreidimh
 Slainteamhail, Aontughadh do Chríost,
 Gabhail ris, agus Socrughadh air, na aonar,
 chum Fireunughadh. Naomthughadh, agus
 Beatha Shuthain, bhrígh Coimhcheangail na
 Ngras *i*.

e Eoin iv. 42. i Tessal. iii. 13. i Eoin v. 10.
 Gníomh. xviv. 14. *f* Romh. xvi. 20. *g* íai.
 lxxvi. 2. *h* Eabhr. xi. 13. i Tim. iv. 8. i Eoin
 i. 12. Gníomh. xvi. 31. Gala. ii. 20. Gníomh.
 xv. 11.

III Ata eaidirdhealughadh san Creideamh sa
 thaobh Ceumanna, Lag no Laidir *k*; feudtar
 gu tric agus air iomdha Modh, Ionnsuíghe
 do thabhairt air, agus a Lagughadh, ach
 gidheadh ata se ag faghail na Buaidhe *l*; ag
 fas a niomdha neach air chor as go urig siad
 air Lain-dearbh-beachd tríd íosa Críost *m*,
 Ughdar agus Fear-criochnuighe fos ar Ccrei-
 dimh *n*.

C A I B.

k Eabhr. v. 13 14. Romh. iv. 19 20. Mat.
 viii. 10. Mat. vi. 30. *l* Luc. xxii. 31 32. Ephes.
 vi. 16. Eoin v. 45. *m* Eabhr. vi. 11 12. Eabhr.
 x. 22. Colof. ii. 2. *n* Eabhr. xii. 2.

C A I B. XV.

Mu Aithrighe chum Beatha.

I. **A**ithrighe chum na Beatha is Gras Soisgeulach i *a*, agus ata a Teagasg re na Sheanmoiriughadh le gach Ministeor an Tsoisgeil, combmaith is an Teagasg ma Chreideamh a Gcriosd *b*.

a Sechar. xii. 10. Gniomh. xi. 18. b Luc. xxiv. 47. Marc. i. 15. Gniomh. xx. 21.

II. Trid Aithrighe, ata an Bpeacach (o Shealladh agus o Mhothughadh ni ambain air Cunntabhart, achd mar an cceadna air Salachar agus Fuathmbuireachd a Pheacaidhe, mar reithe ata a naghaidh Nadur Naomhtha, agus Lagh Combthromach DHE agus air Breathnughadh dho do Throcaire DHE a Gcriosd don Droing ata Aithrigeach) faoi Dhoilghios air son a Pheacaidhibh agus ag tabhairt Fuath dhoibh, air chor as go bhfuil se ag iompodh patha uile dionnfaighe DHE *c*, le Run agus Dithchioll chum gluafachd maille ris ann a nuile Shlighthibh Aitheanta *d*.

III. Ge

c Ezech. xviii. 30, 31. agus Caib. xxxvi. r. 31. Mai. xxx. 22. Salm li. 4. Jerem. xxxi. 18, 19. Joel ii 12, 13. Amos v 15. Salm cxix. 128. 2 Cor. vii. 11. d Salm cxix. 6, 59, 106. Luc. i. 27. Riogh. xxiii. 25.

III. Ge nach coir bun do dheanamh as an Aithreachas mar Dhioladh air bith airson Peacaidh, no mar Adhbhar air bith air Maitheamhnas ann. *e*, ni is Gniomb e do shaor Ghrafa DHE ann a Gcriold *f*, gidheadh ata Aithreachas comfheudhmoil do ua huile Pheacachaibh, is nach dtig do neach air bith fuil a bheith aige re Maitheamhnas iona fheugmhuis *g*.

e Ezech. xxxvi. 30. 31. agus Ezech. xvi. 61, 62. 63. *f* Hol. xiv. 2, 4. Romh. iii. 24. Ephes. i. 7. *g* Luc. xiii. 3, 5. Gniomb. xvii. 30, 31.

IV. Mar nach bhfuil Peacadh air bith coimbeag as nach tuill se Damnadh *h*, as amhluidh ni bhfuil Peacadh air bith comh-mor as gu bhfeud se Damnadh do tharruing air an druing ata ag deanamb Fior-Aithreachais *i*.

h Romh. vi. 23. Romh. v. 12. Matt. xii. 36. *i* Isai. lv. 7. Romh. viii. 1. Isai. i. 16, 18.

V. Ni gcoir do Dhaoinibh iad fein do thoiliughadh le Haithreachas ghegeneralta, achd a se Dleasdanas gach Duine, Dithchioll a chaiteamh chum Aithreachas fa leith do dheanamh air son a Pheacaidhibh fa leith *k*.

k Salm xix. 13. Luc. xix. 8. 1 Tim. i. 13, 15.

VI. Mar ata dfiachaibh air gach Duine Admhail diomhaire air a Pheacaidhibh a dheanamh do DHIA, ag afluighadh air, Maitheamhnas

Maitheamhnas a thabhairt ionnta *l*; agus air lorg dho fo do dheanamh, agus a Pheacaidh do threigfin, gheibh se Trocair *m*: 'samhluidh is coir don ti bheir Oilbheim da Bbraithair no do Eaglais Chríost, bheith toileach, a Aithrighe do thaisbeunadh don drong da dtug se Oilbheim, le Admhail diomhair no follus, agus le Dobron air son a Pheacaidh, agus is coir dhoibhsin na lorg fo bheith reidh ris, agus gabhail ris ann a ngradh *o*.

I Salm li. 4, 5, 7, 9, 14. agus Salm xxxii. 5, 6. m Sean-fhoc. xxviii. 13. i Eoin i. 9. n Seam. v. 16. I uc. xvii. 3, 4. Joshua vii. 19. Salm li. go hiomlan. o 2 Ccor. ii. 8.

C A I B. XVI.

Mu Dheaghoibrighibh.

I. **I**S Deaghoibrighe, iad sin amhain do aithin DIA iona Fhocal Naomhtha *a*, agus ni Ndeaghoibrighe iad sin ata a bhfeugmhuis Barantais an Fhocail, air na ndealbhadh le Daoinibh, o Eud dhall, no faoi † Sgail air bith do † *Leithséal*. Dheaghrun *b*.

a Mic. vi. 8. Romh. xii. 2. Eabhr. xiii. 21. b Matt. xxv. 9. Hai. xxix. 13. i Phead. i. 18. Romh. x. 2. Eoin xvi. 2. i Samu. xv. 21, 22, 23.

II. Na Deaghoibrighe sin, air na ndeanamh a Numhlachd do DHIA, is Toradh agus

agus is Comharthadha foilleir iad, air Chreideamb Fíor agus Beodha *c*: agus leo, ata na Creidmhigh ag ta sbeunadh a Mbuidh-eachais *d*, ag neartughadh a Ndeirbh-beachd *e*, * † ag togbhail luas a Mbraithre *f*, ag cur Maisc air Admhail an Tsoigeil *g*, ag druideadh Beul na Neascairde *h*, agus ag Glorughadh DHE *i*, da befuil siad na Nobair, air na ngruthughadh a Níosa Criold chuige so *k*; a gcoinne air bbeith da Ntoradh aca chum Naomhthachd, go mbíodh an Chríoch aca, *eachon* an Bheatha Skuthain *l*.

c Seum. ii. 18, 22. *d* Salm cxvi. 12, 13, 1 Phead. ii. 9. *e* 1 Eoin ii. 3, 5. 2 Phead. i. rann 5 go nuig rann 10. *f* 2 Cor. ix. 2. Marc v. 16. *g* Tit. ii. 5, 9, 10, 11, 12. 1 Tim. i. 6. *h* 1 Phead. ii. 15. *i* 1 Phead. ii. 12. Philip. i. 11. Eoin xv. 1. *k* Ephes. ii. 10. 1 Romh. vi. 22.

III. Ní hann uatha fein idir ata a Ngcomas air Deaghoibrighe do dheanamh, achd go hiomlan o Spiorad Chríold *m*. Agus chum go mbithid nír na ndeanamh comasach chuige sin, a bharr air na Grafa dfuair siad cheana, as feudhmoil * san cheart am * Feart an Spioraid Náóimh cheudna, chum, toileadh agus deanamh d'oibriughadh

m Eoin xv. 4, 6. Esch. xxxvi. 26, 27.

d'oibriughadh ionnta da Ghean maith n:
Gidheadh, ni ngcoir dhoibhsin na lorg so fas
Neimhghniomhach, mar nach budh dligh-
each dhoibh Dleasdanas air bith a Choinh-
lionadh, achd an lorg Gluafachd shunn-
radhach an Spioraid; achd as coir dhoibh
bheith dithchiollach ann a
Ngafa DHE ta ionnta a † *Bheodhugh-*
† Chorrughadh suas o. *adh suas.*

n Philip. ii. 13. agus Caib. iv. r. 13. 2 Cor.
iii. 5. o Philip. ii. 12. Eabhr. vi. 11, 12.
2 head. i, 3, 5, 10, 11. Isai. lxiv. 7. 2
Tim. i. 6. Gniomh. xxvi. 6, 7. Jude rann
20, agus 21.

IV. An drong ata iona Numhlachd ag
righionn air an Airde is mo air a bhfeidir
righionn san Bheathasa, comhfhada ghabh
uatha bheith comafach
air † dul oscionn a † *Bairgniombadh,*
Ndleasdanais, agus tuill- *Bairdheanamh.*
eadh a dheanamh is ata

DIA ag iarruidh, as go bhfuil moran ta
dfiachaibh orra mar Dhleasdanas air nach
bhfuilid a righionn p.

p Luc. xvii. 10. Nehem. xiii. 22. Job ix.
2, 3. Gala. v. 17.

V. Ni hedir linn, Maitheamhnas Peacaidhe,
no an Bheath Shuthainn. do thuilltis air
Laimh DHE, le ar Noibrighibh is fearr,
bhrigh an Neamhchoimeis ata edir iad so
agus an Ghloir re teachd, agus an Tedir-
dhealadh neimhchriochnuigheach ata edir
finne

sinne agus DIA, neach da nach feud sinn bheith tarbhach, na Dioladh a thabhairt airson Ainbhfiach ar Bpeacaidh do rinneamar cheana *q*; achd an tan do ni sinn na huile neithe fhedfir linn do dheanamh, nior rinneamar achd ar Dleasdanas, agus is Scribh-cifigh neamhtharbhach sinn *r*; Agus do bhrigh fos mar is maith iad, gu bhfuilid ag teachd o a Spioradson *s*; agus mar ataid air na ndeanamh linne ata siad air na ntruailleadh, agus air na ngcumasg leis an mhead sin do Laige, agus do Neamh-fhoirfidheachd, as nach feud siad Teinnead Bhreitheamhnais DE do fhulang *t*.

q Romh. iii. 20. Romh. iv. 2, 4, 6. Eph. ii. 8, 9. Tit. iii. 5, 6, 7. Romh. viii. 18. Salm xvi. 2. Job xxii. 2, 3. agus Job. xxxv. 7, 8. *r* Luc. xvii. 10. *s* Gala. v. 22, 23. *t* Isai. lxiv. 6. Gala. v. 17. Romh. vii. 15, 18. Salm cxliii. 2. Salm cxxx. 3.

VI. Achd gidheadh, air bheith do phearsuinibh na Gcreidmheacha, air a ngabhail riu go taitneamhach trid Iosa Criosd, atasa gabhail go taitneamhach annsan, re a Ndeaghoibrighibh mar an gceudna *u*, ni hann mar go mbiodh siad *††* neamhchoiridheach, agus neamhchronuigigheach. san Bheathasa *†* neimhchiontach, agus *†* neamhthuilltionnach air Achmhusan a Bhfiadhnuis

DE

u Eph. i. 6. *i* Phead. ii. 5. Exod. xxviii. 38. Geine. iv. 4. maille re Eabhr. xi. 4.

DE *w*; achd gur Toil leisín, air bheith dho ag amhrac orra iona Mhac, gabhail go taitneamhach ris an ní ta trebhdhireach, agus Luaidheachd a thabhairt do, ge go bhfuil iomadh Anbhainne agus neamhfhoirfidh-eachd iona chomhchuideachd *x*

w Job ix. 20. Salm cxliii. 2. *x* Eabhr. xiii. 20, 21. 2 Ccor. viii. 12. Eabhr. vi. 10. Matt. xxv. 21, 23.

VII. Oibrighe do níotar le Daoinibh nach bhfuil air na Naithghineamhuin, ge go bhfeudfuid thaoibh na Cuise man bhfuil siad, bheith na neithe ata DIA ag aithine, agus do Dheaghfhoghnadh dhoibh fein agus do Dhaoinibh eile araon *y*: Gidheadh bhrigh nach bhfuilid ag teachd o Chroidhe air na ghlanadh le Creideamh *z*; na air na ndeanamh air Mhodh ceart, do reir an Fhocail *a*; na chum Crich cheart, *cadbon* Glóir DHE, uime sin ataid Peacaidheach, agus ní hedir leo taitnimh re DIA, na Duine a dheanamh iomchubhaidh chum Gras d'faghail o DHIA *c*. Achd gidheadh is peacuichaiche dhoibhsín, agus is neamhthaitneamhaiche do

D

DHIA

y 2 Riogh. x. 30, 31. 1 Riogh. xxi. 27, 29. Philipp. i. 15, 16, 18. 2 Geine. iv. 5. maille re Eabhr. xi. 4, 6. *a* 1 Ccor. xiii. 3. Isai. i. 12. *b* Matt. vi. 2, 3, 16. *c* Hagg. ii. 14. Tit. i. 15. Amos v. 21, 22. Hof. i. 4. Romh. ix. 16. Tit. iii. 5.

DHIA, na Hoibrigheise do leigeadh dhiobh *d.*
 d Salm xiv. 4. agus Salm xxxvi. 3. Job xxi.
 14, 15. Mat. xxv. 41, 42, 43, 45. Mat. xxiii.
 23,

C A I B. XVII.

Mu † Bhuanmhaireachduin
 † Shior-Bhuanas. *na Naomb [ann an Staid*
na Ngras.]

I. **A**N drong risan do Ghabh DIA go taitneamhach iona Mhac Ionmhuin, agus a Ghairm se go heifeachdach agus a Naomhuigh se le na Spiorad, ni bhfeidir leo tuitim go hiomlan, agus go criochnamhoil o Staid na Ngras; achd Buanmhairfidh siad ann go dearbh, go nuig na Criche, agus bithidh siad air na Nlabhaladh go Siorruidh *a.*

a Philipp. i. 6. 2 Phead. i. 10. Eoin x. 28, 29. 1 Eoin ii. 9. 1 Phead. i. 5, 9.

II. Cho ni a Nsaor-Thoil fein, is Buna-char don Bhuanmhairthionnachd sa na Naomb, achd Neamhchlaohladhachd Orduigh na Taghtha, ata o Ghradh Shaor agus Neamhchlaohladhach DHE an Athar *b*; Eifeachd Tuilltionnais agus Edirghuidhe Josa Criold *c*; Comhnuighe Spioraid agus
 Sil

b 2 Tim. ii. 18, 19. Jerem. xxxi. 3. *c* Eabhr. x. 10, 14. agus Eabhr. xiii. 20. 21. agus Eabhr. ix. 12, 13, 14, 15. Romh. viii. 33. go deireadh an Chaibidil. Eoin xvii. 11, 24. Luc. xxii. 32. Eabhr. vii. 25.

sil DHE a dtaobh a Stigh dhiobh *d*; agus Nadur Choimhcheangail na Ngras *e*: Agus uatha fo uile, § Neambata Deirbhtheachd, agus § Neimh-*f*haillighmhealltan hlachd an Bhuain-*e*eachd. nhairthionnachd sa ag teachd *f*.

d Eoin xiv. 16, 17. i Eoin ii. 27. i Eoin ii. 9. e Jerem. xxxii. 40. f Eoin x. 28. i Tess. iii. 3. i Eoin ii. 19.

III. Achd gidheadh trid Buaidhridhibh an Aidhbhirseoir agus an Tsaoghail, trid a Nfaruighidh on Truailleadh ata air marthuinn ionnta, agus trid Diothgnathuighidh Meadh-*o*ine a Ngcoimhdaighe, feudfuadh siad tuitim a Bpeacaidhibb aenroma *g*; agus antuinn ionnta re seal *h*; leis a bhfuil siad ag teachd faoi Chorrugh DHE *i*, agus ag cur Doilghios air a Spiorad Naomh *k*, ag call Tomhas egin da Ngrasa agus da Ngcombfhurtachda *l*, ag teachd faoi Chruas Croidhe *m*, agus a Ngcoguisidh air na nlot *n*; agus leis a bhfuil siad fos ag deanamh Dochuin do Dhaoinibh eile, agus ag tabh-

D 2 airt

g Mat. xxvi. 70, 72, 74. h Salm li. Tiodal an Tfaim, agus rann 14. i Isai. lxiv. 5, 7, 9. 2 Samu. xi. 27. k Ephes, iv. 30. l Salm i. 8, 10, 12. Foillf. ii. 4. Laoidh Shol. v. 2, 3, 4, 6. m Isai. xxxvi. 17. Marc. vi. 52, agus Marc xvi. 14. n Salm xxxii. 3, 4. agus Salm li. 8.

airt Oilbheim dhoibh *o*, agus ag tarruing
Breitheamhnasa faoghalta orra fein *p*.

o 2 Samu. xii. 14. *p* Salm lxxxix. 31, 32.
I Ccor. xi. 32.

C A I B. XVIII.

Mu Dhearbh-Beachd air Gras agus Slainte.

I. **G**E go bhfeud Cealgoiridh agus
Daoine eile nach bhfuil air na
Naithgheinaimhuin, iad fein do mhealladh
go faoin, le Dochas Fallsa agus Andanadas
Feolmhur, go bhfuil siad ann a Fabhar DHE
agus ann a Staid na Slainte *a*; agus is
Dochas so theid a muga *b*: gidheadh an
drong ata ag creidsin do rireadh ann san
Tighearna Iosa, agus ata ga ghradhughadh
le trebhdhireachd, ag deanamh dithchill air
glualachd ann sgach uile Dheaghchoinsias
iona lathair, feudfuidh siad san Bheathasa,
Dearbh beachd deimhin a bheith aca go
bhfuil siad ann a Staid na Ngras *c*, agus
feudfuidh siad Gairdeachas a dheanamh tre
Dochas Gloire DHE, agus ni ndean an
Dochas so iadsana nairiughadh a choidhch *d*.

a Job viii. 13, 14. Mic. iii. 11. Deut. xxix.
19. Eoin viii. 41. *b* Mat. vii. 22, 23. *c* I Eoin
ii. 3. agus Caib. iii. r. 14, 18, 19, 21, 24. agus
Caib. v. r. 13. *d* Romh. v. 2. 5.

II. An Deirbhbeachd sa ni Mbeachd
bharamhlach no chosamhlach amhain e air

na shuighiughadh air Dochas mealltamhuil *e*;
ichd Deirbhbeachd neimhmhealltamhuil
Creidimh, air na shuighiughadh air Firinn
Diadha Gheallamhna na Slainte *f*, agus air
Soilleireachd san leith a stigh mu na Grafaibh
sin da bhfuil na Geallamhnasa air na ndean-
amh *g*, agus fos air Teistios Spioraid na
Huchdmhacachd ag deanamh Fiadhnuise le
ar Spioruidne gur clann do DHIA sinn *h* :
agus a se an Spioradfa Geall-daingrighe ar
Noidhreachd, tre a bhfuil sinn air ar feulu-
ghadh chum Lo an Tsaoraidhe *i*.

e Eabhr. vi. 11, 19. *f* Eabhr. vi. 17, 18.
g 2 Phead. i. 4, 5, 10, 11. 1 Eoin ii. 3. agus
Caib. iii. r. 14. 2 Ccor. i. 12. *h* Romh. viii.
15, 16. i Ephes. iii. 13, 14, agus Ephes. iv.
30. 2 Ccor. i. 21, 22.

III. Ni mbuin an Deirbhbeachd neimh-
mhealltamhailse do Nadur an Chreidimh
mar nach feudfadh an Fior-Chreidmheach
bheith go fada ag feitheamh, agus ag comhrac
re iomdha Cruadal suil san rig se air *k* :
gidheadh air bheith dho air na dheanamh
comasach leis an Spiorad chum Fios do
bheith aige air na neitheanna thug DIA a
naisgidh dho, feudfuidh se a bhfeugmhuis
Foillsiughaidh neamhghnathuighthe righionn
air an Deirbhbeachdfa, ann a Foghnamh

D 3

ceart

k 1 Eoin v. 13. Ifai. l. 10. Marc ix. 24.
Salm lxxxviii. go hiomlan, agus Salm lxxvii.
o rann 1, go nuige rann 12.

ceart a dheanamh do na Meadhoinne gnath-
 ach *l*. Agus uime sin a se Dleasdanas gach
 einneach, uile Dhithchioll do dheanamh
 chum a Ghairm agus a Thaghtha dfagbhail
 dearblitha *m*; chum thríd so go mbíodh a
 Chroidhe air fhairsiniughadh ann a Sith
 agus Aoibhneas san Spiorad Naomh, ann
 a Ngradh agus Buidheachas do DHIA, agus
 ann a Neart agus Suilbhreachd a Ndleas-
 danaisaibh na Humhlachda, agus a siad na
 neithe so Fiorthoradh an Deirbheachda *n*:
 as comhfhadh ghabh uaidhe bheith ag ao-
 madh Dhaoine go Mibheus *o*.

I I Cor. ii. 12. I Eoin iv. 13. Eabhr. vi.
 11, 12. Ephes. iii. 17, 18, 19. *m* 2 Phead.
 i. 10. *n* Romh. v. 1, 2, 5. Romh. xiv. 17.
 agus Romh. xv. 13. Ephes. i. 3, 4. Salm iv.
 6, 7. agus Salm cxix. 32. *o* I Eoin ii. 1, 2.
 Romh. vi. 1, 2. Tit. ii. 11, 12, 14. 2 Cor.
 vii. 1. Romh. viii. 1, 12. I Eoin iii. 2, 3. Salm
 cxxx, 4. I Eoin i. 6, 7.

IV. Feudfuich Deirbhbeachd na Bhfior-
 chreidmheachama Nflainte, bheith air iomad

Mobh air na chrathadh, air
 † *edirleigeadh* na lughdughadh, agus †
 a *theachd air*. a dhul air; eadhon tre

Neamhchuram iona choi-
 mhead; tre tuitim a Bpeacadh airid egin a
 loitfeas an Coguis, agus chuireas Doilghio
 air an Spiorad; tre Buaidhreachd egin grac
 agus dian; tre Solus Gnuise DHE bheith ai
 na tharruing leis air ais uatha, agus e bheith

ag fulang dhoibhsin fein air an bhfuil Eagalsan gluafachd a Ndorachadas agus gun Solus air bith do bheith aca *p* : gidheadh ni bhfuilidh siad idir folamh go hiomlan do Shiol sin DE, agus don Bheatha sin an Chreidimh, don Ghradh sin do Chrìod agus na Braithribh, don Trebhdhireachd Croidhe sin, agus do Choinneas mu Dhleasdanas; as a bhfeud, trid oibriughadh an Spioraid, an Deirbhbeachd sa bheith a nam iomchubhaidh air aithbheodhughadh *q*, agus leis a bhfuil siad san am ata a lathair air na ngcongmhail suas o Eadochas tur *r*.

p Laoidh Shol. v. 2, 3, 6. Salm li. 8, 12, 14. Ephes. iv. 30, 31. Salm lxxvii. o rann 1, gu nuige rann 10. Matt. xxvi, o rann 69, go nuige rann 72. Salm xxxi. 22. agus Salm lxxxviii. go hiomlan. Ifai. l. 10. *q* i Eoin iii. 9. Luc. xxii. 32. Job xiii. 15. Salm lxxiii. 15. agus Salm li. 8, 12. *r* Micah vii. 7, 8, 9. Jerem. xxxii. 40. Ifai. xlv. 7, 8, 9, 10. Salm xxii. 1. agus Salm lxxxviii. go hiomlan.

C A I B. XIX.

Mu Lagh DHE.

I. **T**Hug DIA do Adhamh Lagh mar Choimhcheangal Oibrighe, ler cheangail se esin agus a Shliochd uile, re Humhlachd Phearsunta, Iomlan, Fhoirse, agus Ghnathmhairthionach; ag gealladh Beatha an lorg a Choimhlionaidh, agus ag bagradh

bagradh Bais an Iorg a Bhrifidh; agus thug se Neart agus Comas do chum an Laghsa do choimhead *a*.

a Geine i. 26, 27. maille re Geine. ii. 17. Romh. ii. 14, 15. agus Romh. x. 5. agus Romh. v. 12. 19. Gala. iii. 10, 12. Seanmoir. vii. 29. Job xxviii. 28.

II. An diaigh don Duine tuitim, do mhair an Laghsa bheith na Riaghail † *Ignracus*. iomlan air * † Fireantachd, agus fann mar sin thug DIA seachad *e*, air Sliabh Sinai, ann an Deich Aitheantaibh, agus do scriobhadh *e* air da Chlar *b*; air bheith ann sna Ceithir Aitheantaibh is tosaighe ar Dleasdanas do DHIA, agus ann sna Se Aitheantaibh is deirionnaighe ar Dleasdanas do Dhuine *c*.

b Seam. i. 25. agus Seam. ii. 8, 10, 11. 12. Romh. xiii. 8, 9. Deut. v. 52. agus Deut. x. 4. Exod. xxxiv. 1 *c* Matt. ii. 37, 38, 39, 40.

III. A thuilleadh air an Laghsa, da ngiorthear go coitcheann Lagh na Modhannaidh, chuncas do DHIA go dtug se do Phobul Israel, mar Eaglais ann a Noige, Reachda Seireamoincalta ann a raibh iomadh Oirdionnaisaidh Somplaireach, cuid diobh mu Adhradh, Fioghuiughadh roimh laimh, Grasa, Gnsomhartha, Fulanthasa, agus Sochaire Chríofd *d*; agus cuid diobh ag taisbeineadh

iomadh

d Eabhr. Caibideal ix. Eabhr. x. 1. Gala. iv. 1, 2, 3. Coloff. ii. 17.

omadh gne Theagaisg nu Dhléasdanaisibh
Moralta *e*. Agus ata na Reachda Seiream-
binealtasa uile air na ngcur air gcúl anois,
an Tiomna Nuadh *f*

e 1 Cor. v. 7. 2 Cor. vi. 17. Jud. rann 23.
Coloss. ii. 14, 16, 17. Dan. ix. 27. Ephes.
i. 15, 16.

IV. Dhoibhsan fos mar

* † Stata * § Choimlí- † *Ghomb-chorp.*
riaghalta thug se iomadh § *Riaghalta.*

Reachd Breitheamhail, do
chriochnuigh maille re Stat an Phobuilfin,
gun iad a ceangal einneach eile anois, ní is
faide na ata a Ngceartas ghegeneralta ag iar-
ruidh *g*.

g Exod. xxi. go hiomlan. Exod. xxii. 1,
go nuige rann 29. Geine. xlix. 10. maille
re 1 Phead. ii. 13, 14. Matt. v. 17. maille
re rann 38, agus rann 39. 1 Cor. ix. 8, 9,
10.

V. A ta § Lagh na Modhan-
naidh ag ceangal a bhfeasda § *an Lagh*
re Humhlachd dho, na huile *Moralta.*

Dháoine ata air na Mhfirean-
nughadh, agus gach einneach eile *h*; Agus
so ní amhain a thaoibh na Neitheann ata air
na ngcur síos ann, achd fos a thaoibh Ugh-
dardhais DE an Ccruthuigheoir, a thug
feachad *e i*. Agus ann san Tsoifgeul, ní
bhfuil Criosd ag fuaigladh an Cheangailse air
mhodh

h Romh. xiii. 8, 9. Ephes. vi. 2. i Seam.
ii. 10, 11.

mbodh air bith, achd fann ata se gu mor ga dhaingniughadh *k*.

k Matt. v. 17, 18, 19. Seam. ii. S. Romh. iii. 31.

VI. Ge nach bhfuil Fiorchreidimbhigh faoi an Lagh mar Choimhcheangal Oibrighe, chum bheith air na Mhfireunughadh no air na Ndideadh da thrid *l*; gidheadh ata Foghnamb mor ann doibhsan, amhluidh is do Dhaoinibh eile; a mead as go bhfuil se, mar Riaghail Beathaidh ata ag cur Toil DE agus an Dleasdanas fein a gceill doibh, ga nstiubhradh agus ga ngceangal chum gluasachd do reir sin *m*; ag nochdadh fos Truailidheachd pheacach a Naduire, a Ngroidbhidh, agus a Mbeathaidh *n*; air chor as air bheith dhoibh ga ngceasnuughadh fein leis, go feud siae teachd chum tuileadh Mothughaidh do Pheacadb, tuileadh Irisliughaidh air a shon, agus tuileadh Fuath dho *o*, maille re Sealladh ni is foilleire air an Fheidhm ata aca air Chrifd, agus air Iomlaine Umhlachdsan *p*. Ata Foghnamb ann mar an gceudna don drong ata air na Naithgbeineamhuin, chum cosg do chur air

a

I Romh. vi. 14. Gala. ii. 16. Gala. v. 13. Gala. iv. 4, 5. Gniomh. xiii. 39. Romh. viii. 1. Romh. vii. 12, 22, 25. Salm cxix. 4, 5, 6. I Cor. vii. 19. Gala. v. 14, 16, 18, 19, 20, 21, 22, 23. n Romh. vii. 7. Romh. iii. 20. o Seam. i. 23, 24, 25. Romh. vii. 9, 14, 24.

t Ntruailidheachd, a mead as go bhfuil
e ag toirmeasg Peacaidh q : Agus ata
Foghnamh iona Bhagraidhibh, a thaisbein-
eadh an ni ata a Mbpeacaidhin fein ag
cuilltinn, agus creud na Hamhghair san
Bheathasa as ion doibh fuil a bheith aca riu
air an son, ge taid air na nsaoradh o a
Mallachd, ata air na bhgradh san Lagh r.
Ata a Gheallamhna mar an gceudna ag
taisbeineadh dhoibh go bhfuil Umh-
lachd ag taitneamb re DIA, agus creud
na Sochair bearnuichte ris a bhfeud siad
fuil a bheith aca, a lorg a Coimhlionaidh s,
ge nach hann mar neitheanna air a bhfuil
Coir aca thaobh an Lagh mar Choimh-
cheangal Oibrighe t. Air chor as nach
Comhartha idir air Dhuine bheith san Lagh,
agus gun e bheith faoi Ghras, gu bhfuil se
ag deanamh Maith chionn go bhfuil an Lagh
ag tabhairt Misnigh dho chuige agus ag
feachnadh Uile chionn go bhfuil an Lagh ag
cur Sga air roimhe u.

q Seam. ii. 11. Salm cxix. 101, 104, 128.
r Ezra. ix. 13, 14. Salm lxxxix. 30, 31, 32,
33, 34. f Lebhrit. xxvi. o rann 1, go nuig
rann 14, maille re 2 Cor. vi. 16. Epaef vi.
2, 3. Salm xxxvii. 11. Matt. v. 5. Salm xix.
11. t Gala. ii. 16. Luc. xvii. 10. u Rom.
vi. 12, 14. i Phead. ii
re Salm xxxiv ... 8, 9, 10, 11, 12. maille
xii. 28. ... 12, 13, 14, 15, 16. Eabhr.
29.

VII. Agus do gach Foghnamh dhiobh sud

ata san Lagh, ni bhfuil a haon anaghaidh
Gras an Tsoifgeil, achd ataid uile gu milis
ag gabhail leis w, air bheith do Spiorad
Chriosd ag ceannfughadh agus ag near-
tughadh Toile an Duine, chum an ni sin do
dheanamb gu milis agus gu foilbhir, ata
Toil DE do fhoillfighear san Lagh ag iar-
ruidh a dheanamb x.

w Gala. iii. 21. x Efek. xxxvi. 27. Eabhr.
viii. 17. maille re Jerem. xxxi. 33.

C A I B. XX.

*M'an Thaoirse Chriosdaidhe agus mu Shaoirse
an Choinfias.*

I. **A** Si an Tsaoirse do choisin Criosd do
Chreidmheachaibh faoi an Tsoif-
geul, a Nsaoirse o Chionta an Pheacaidh, o
Fheir DHE a dhamnuigheas, o Mhallachd
Lagh na Modhannaidh a; agus go bhfuil
siad air na nteasairgin on Drochshaoghalsa
ata a lathar, o Bhruid an Aidhbhirseoir,
agus o Uachdranachd an Pheacaidh b, o
Olc Amhgharaidhe, o Ghath an Bhais, o
Bheaidh na Huaighe, agus o Dhamnadh
fiorruidh c; agus mar an gceadna go bhfuil
Slighe reidh aca diornfuisighe DHIA d, agus

gu
T. Tal. i. 10. Gala. iii.
Gnionb. xxvi.
a 1. Romh. ii. 14.
13. b Gala. i. 4. Colof. i. 12. 28. Salm
18. Romh. vi. 14. c Romh. viii. 28. Salm
cxix. 71. I Cor. xv. 54, 55, 56, 57. Romh.
viii. 1. Romh. v. 1, 2.

u bhfuilid ag tabhairt Umhlachd dho, ni ann o Eagal Trailleamhoil, achd o Ghradh Tacamhoil agus le Aigneadh thoileach e. Agus do rabhadar iad so uile aig na Creidmhigh faoi an Lagh mar an gceadna f. Achd aoi an Tiomna Nuadh ata Saoirse na Scriosduighe air na deanamh ni is farfuinghe, thaobh a Nsairse o chuinge Lagh na Nfeireamoinidh, fan raibh an Eaglais Judai- gheach g; agus thaobh Danachda ni is mo, re teachd chum Cathair Rioghambail na Ugras h, agus Compartughadh Shaor-Spioraid DE dhoibh ni is iomlaine na bu ghnath le Creidmheachaibh faoi an Lagh bheith ag faghail i.

e Romh. viii. 14, 15. i Eoin iv. 18. f Gala. ii. 9, 14. g Gala. iv. 1, 2, 3, 6, 7. agus Gala. v. 1. Gniomh. xv. 10, 11. h Eabhr. iv. 14, 16. agus Eabhr. x. 19, 20, 21, 22. i Eoin vii. 38, 39. 2 Cor. iii. 13, 17, 18.

II. A se DIA amhain is Uachdaran aic an Choinias k, agus dfag se saor e o Theag- asgaibh agus o Aitheantaibh Dhaoine, ata ann a ni air bith anaghaidh Fhocail; no fos a thuileadh an Fhocail, ma sann a Ccuifibh Creidimh, no Adhraidh l. Agus mar sin a bheith ag creidsin a nleithide so do Theag- asga agus a bheith ag tabhairt Umhlachd do

E

nleithide

k Seam. iv. 12. Romh. xiv. 4. l Gniomh. iv. 19. agus Gniomh. v. 29. i Cor. vii. 23. Mat. xxiii. 8, 9, 10. 2 Cor. i. 24. Matt. xv. 9.

nleithide so d'Aitheantaibh, thaobh Coinfias a se sin Fìor-Shaoirse an Choinfias do thabh-airt thairis *m* : agus bheith ng iarruidh * Dallchreideamh, agus Umhlachd dhall * agus iomlan gun agadh, a se sin Saoirse an Choinfias agus Riasuin fos do sgrìos *n*.

m Coloss. ii. 20, 22, 23. Gala. i. 10. agus Gala. ii. 4, 5. agus Gala. v. 1. n Romh. x. 17. agus Romh. xiv. 23. Isai. viii. 20. Gniomh. xvii. 11. Eoin iv. 22. Hof. v. 11. Foillf. xiii. 12, 16, 17. Jerem. viii. 9.

III. An drong ata ag cur Peacaidh air bith a ngnìomh, no ag altrumughadh Ainmiann air bith, faoi sgail Shaoirse Chrìosdaidhe ataid thrìd sin ag sgrìos Crich an Tsaìirse Chrìosdaidhe, eadhon air bheith dhuinn air ar dteasairgin o Laimh ar Naimhde, go ndeanamaoid Seirbheis don Tighearna gur Eagal, ann a Naomhthachd, agus a Bhfìreuntachd, iona Lathair, re fad uile Laethe ar Mbeatha o.

o Gala. v. 13. 1 Phead. ii. 16. 2 Phead. ii. 19. Eoin viii. 34. Luc. i. 74, 75.

IV. Agus do bhrìgh nach he bu Run do DHIA, go deanamh na Cumhachda a d'orduigh sefin, agus an Tsaìirse do choisin Crìosd, a cheile do sgrìos, achd go mbiodh siad ag congghail suas, agus ag coimhead a cheile; Uime sin an drong a bhios, faoi sgail S aoirse Chrìosdaidhe, ag cothughadh an-aghaidh Cumhachd Laghamhoil air bith, ne

naghaidh Gnathughadh Laghamhoil an
Chumhachda sin, cia aca is Cumhachd
shaoghalta no Eaglasda; ataid ag cur an-
ghaidh Orduigh DHE p. Agus feudfar go
Laghamhoil Daoine a tharruing go Cunntas
gus a nleanamhuin le * Smachdadhaibh
ia Heaglaise q, agus le Cumhachd an
Jachdarain Shaoghalta r, chionn bheith ag
braobhs-gaoileadh a nleithide sin do Bhar-
mhla, no ag Seasamh a nleithide sin do
Dheandais, sa ta a naghaidh Soluis Naduire,
o a naghaidh Cinn shoilleir an * Chreidimh
Chriosdaidhe, mu Chreideamh, mu Adhradh,
o mu Chaitheamhbeatha, no anaghaidh,
Cumhachd na Diaghachda; No fos a nleithide
in do Bharamhla no do Dheanadasa mear-

E 2

ach-

p Matt. xii. 25. 1 Phead. ii. 13, 14, 16.
Romh. xiii. o rann 1. go nuig rann 9. Eabhr.
xiii. 17. q Romh. i. 32. maille re 1 Cor. v.
3, 5, 11, 13. 2 Eoin rann 10 agus 11. 2
Cessal. iii. 14. agus 1 Tim. vi. 3, 4, 5. agus
Titus i. 10, 11, 13. agus Titus iii. 10. maille
re Matt. xviii. 15, 16, 17. 1 Tim. i. 19, 20.
Foillf. ii. 2, 14, 15, 20. agus Foillf. iii. 9.
Deut. iii. 6. go nuige rann 12. Romh. xiii.
1, 4. maille re 2 Eoin rann 10, agus rann 11.
Esra vii. 23, 25, 26, 27, 28. Foillf xvii. 12,
16, 17. Nehem. xiii. 15, 17, 21, 22, 25, 30.
2 Riogh. xiii. 5, 6, 9, 20, 21. 2 Seanchas
xxiv. 33. agus Caibideal xv. rann 12, 13,
6. Dan. iii. 29. 1 Tim. -ii. 1. Isai. xlix.
3. Sechar. xiii. 2, 3.

achdacha, fa ta, ionna Nadur fein, no thaobh
 an Mhodh air a bhfuilid ga Ngcraobhscaoil
 eadh no ga Nseafamb, ag cur as don Tsioth
 chain agus don Riaghail an leith a muigh
 do shuighthigh Criofd san Eaglais *f.*

f na haite ceudna ata ag q agus r.

C A I B. XXI.

*Mu Adhradh Crabhthach, agus mu La n
 Sabbaide.*

I. **A** Ta Solus Naduire ag taisbeunadh gu
 bhfuil DIA ann aig a bhfuil Ard
 Thighearnas, agus Uachdranachd ofciornt
 na nuilidh, ata Maith, agus ag deanamh
 Maith do na huilidhibh, agus uime sin gu
 coir, Eagaisan do bheith oirnn, a Ghradh
 ughadh, a Mholadh, Gairm air, Earbs as, agu
 Seirbheis a dheanamh dho, leis an Chroidh
 uile, agus leis an Anam uile, agus leis a
 Neartuile *a.* Ach data an Modh taitneambac
 chum an DIA fior do Adhradh, air n
 ordughadh le DIA fein agus a Chriocha fi
 air na nsuighthiughadh, le na Thoil fhoil
 sighte fein chum nach biodh Adhradh a

na dheanamh dho d

† *Inntleachdaibh.* reir Breathnughadh agu

† *Cumadoireachd Dhaoin*

a Romh. i. 20. Gniomh. xvii. 24. Sal
 cxix. 68. Jerem. x. 7. Salm xxxi: 23. ag
 Salm xviii. 3. Romh. x. 12. Salm lxii.
 Joshua xxiv. 14. Marc xii. 33.

o Cogaraibh an Aidhbhearfoir, faoi Shamh-
ghadhaibh faicsionnach ar bith, no air
mhodh ar bith eile, nach bhfuil orduichte
an Scrioptuir Naomhtha *b*.

b Deut. xii. 32. Mat. xv. 9. Gniomh xvii.
25. Mat. iv. 9, 10. Deut. iv. rann 15, go
nuige 20. Exod. xx. 4, 5, 6. Coloss. ii. 23.

II. Is coir Adhradh Crabhthach a thabhairt
to DHIA, an Tathair, an Mac, agus an
Spiorad Naomh, agus dhofan ambain *c* ;
ni hann d'Ainglibh, do Naoimhibh, no do
Chreutuir ar bith eile *d* : Agus o Thuitim
an Duine, ni hann a bhfeugmhuis Edir-
mheadhonthoir, no trid Edirmheadhoin-
thoireachd neach air bith eile, achd Iosa
Criofd na aonar *e*.

c Mat. iv. 10. maille re Eoin v. 23. agus
2 Cor. xiii. 14. d Coloss. ii. 18. Foills. xix.
10. Romh. i. 25. e Eoin xiv. 6. 1 Tim. ii.
5. Ephes. ii. 18. Coloss. iii. 17.

III. Air bheith don Urnuigh (maille re
Buidheachas) na cuid airid don Adhradh
Crabhthach *f*, ata DIA ga hiarruidh air na
huile Dhaoinibh *g* ; agus a gcoinne gu
mbiódh si taitneamhach, ata si re na dean-
amh a Nainm an Mhic *h*, tre Congnamh
an Spioraid *i*, do reir a Thoilte *k*, le Tuigse,
Urram, Irisleachd, Duthrachd, Creideamh,

E 3

Gradh,

f Philip. iv. 6. g Salm lxx. 2. h. I Eoin
xiv. 13, 14. i Phead. ii. 5. i Romh. viii.
26. k I Eoin v. 14.

Gradh, agus Buan-mhaireochduin *l*, agus a Gcanamhuin a Thuigear, mas Urnuighe le Guth bhios ann *m*.

I Salm xlvii. 7. Seanmoir. v. 1, 2. Eabhr. xii. 28. Geine. xviii. 27. Seam. v. 16. Seam. i. 6, 7. Marc xi. 24. Matt. vi. 12, 14, 15. Coloss. iv. 2. Ephes. vi. 18. m i Cor. xiv. 2.

IV. Is coir Urnuigh do dheanamh air son Neithe Laghamhoil *n*, agus air son gach uile sheorsa Dhaoine, ata beo, no bhios beo na dhiaigh so *o*: Achd ni hann air son na marbh *p*, no air son na druinge ma bhfuil fios, gun do pheacuigh siad, an Bpeacadh ata chum Bais *q*.

n i Eoin v. 14. o i Tim. ii. 1, 2. Eoin xvii. 20. 2 Samu. vii. 29. Ruit iv. 12. p 2 Samu. xii. 21, 22, 23, maille re Luc. xvi. 25, 26. Foillf. xiv. 12. q i Eoin v. 16.

V. Leughadh na Nscriobtuiridhe le Heagal Diaghaidh *r*, Seanmoiriughadh fallain *s*, agus Eisteachd choguiseach, an Fhocail, ann a Numhlachd do DHIA, le Tuigse, Creideamh, agus Urram *t*; Seinm Salma le Gras san Chroidhe *u*; agus mar an gceadna, Fritheoladh iomchubhaidh agus Gabhail dhligheach na Nsacramuinteadh a dorduigh Criosd; ataid so uile na

nccodtcha

r Gniomh. xv. 21. Foillf. i. 3. f 2 Tim. iv. 2. t Seam. i. 22. Gniomh. x. 33. Mat. xiii. 19. Eabhr. iv. 2. Isai. lxvi. 2. u Coloss. iii. 16. Ephes. v. 19. Seam. v. 13.

ccodtcha do Adhradh Crabhthach gnathach
E w: A thuileadh air Mionna x agus
Moide Crabhthach y, Trosgadh z agus
uidheachas sholamanta, air
bhionfatha † funnradhach a, † *Faic shuas*
ta iona Naimfiribh agus *san Litir.*
ona Namannaibh fein, re na
Gnathughadh, air Mhodh Naomhtha, Cra-
bhthach b.

w Mat. xxviii. 19. I Cor. xi. 33, go nuig
ann 20. Gníomh. ii. 42. x Deut. vi. 13. maille
re Nehem. x. 29. y Isai. xix. 21. maille re
Seanmoir v. 4, 5. z Joel ii. 12. Ester. iv. 16.
Matt. ix. 15. I Cor. vii. 5. a Salm cvii. go
biomlan. Ester. ix. 22. b Eabhr. xii. 3^o

VI. Ni bhfuil Urnuighe no aonchuid eile
don Adhradh Crabhthach, air na Cheangal
anois faoi an Tsoifgeul, re hait air bith,
ann a bhfuil se air na dheanamh, na gus a
bhfuil se air na stiubhradh, is ni mo ata se
air na dheanamh ni is taitneamhaighe da
thaoibh c; achd ata Adhradh re na dhean-
amh do DHIA ann sgach eunaite d, ann a
Spiorad agus a Bhfirinn e; agus mar ata
fo re na dheanamh a Dteaghlachaibh f, gach
La g; agus ann an Diomhaireachd, le gach
aon air leth leis fein h; as amhlaidh ata

E 4

fe

c Eoin iv. 21. d Mala. i. 11. I Tim. ii. 8.
e Eoin iv. 23, 24. f Jerem. x. 25. Dan. vi.
6, 7. Job i. 5. 2 Samu. vi. 18, 20 I Phead.
iii. 7. Gníomh. x. 2. g Mat. vi. 11. h Mat.
vi. 6. Ephes. vi. 18.

fe re na dhe anamh ni as solamainte, ann sna Coimhthionolaibh follascha, agus ni gcoir dhuinn iad so do leigeadh tharruin, no do threigfin. gu ncamhchuramach, no gu toileoil, an tan ata DIA le na Fhocal no le na Fhreasdal ag gairm Dhaoine da nionnfaighe *i.*

i Isai. lvi. 6, 7. Eabhr. x. 25. Seanfhoc. i. 20, 21, 24. agus Caib viii. rann 34. Gniomh xiii. 42. Luc iv 16. Gniomb. ii. 42.

VII. Mar ata o Lagh Naduire, gu mbi go generalta cuimhreann ionchubhaidh d'Aimsire air na chur air leth, chum Aodh DHE; as anhluidh, iona Fhocal, le mithne * Dhireach, Mhoralta, Shior-mhairthionnach, ata ag Ceangal na nuile Dhaoine, ann sgach linn, do orduigh se gu sunnraighte, Aon La ann a Seachd, mar Shabbaid, a bheith air na Choimhead Naomhtha dho *k*; Agus be so o Thosach an Tsaoghail, gu nuig Eiseirighe Chrìosd, La deighionnach na seachdmhuine: Agus do bh se, o Eiseirighe Chrìosd, air na athar-ughadh gus an Chead La don Tseachdmhuin *l*, da ngoirthear san Scriobtuir, LA an TIGHEARNA *m*, agus ata se re mar theochduin, go Deireadh an Tsaoghail, mar an Tsaibbaid Chrìosdaidhe *n*.

VIII.

k Exod. xx. 8, 10, 11. Isai. lvi. 2, 4, 6, 7. I Geine. ii. 2, 3. I Cor. xvi. 1, 2. Gniomh xx. 7. *m* Foills. i. 10. *n* Exod. xx. 8, 10, maille re Matt. v. 17, 18.

VIII. Ata an Tfaboidse, an sin air a coimhead naomhtha do DHIA, an tan ata Daoine (tar eis doibh roimh laimh deas-ghadh iomchubhaidh a dheanamh air a Ngcroidhte agus a Ngnothaigheadh saogh-alta do chur ann Riaghail,) ni amhain, ag gabhail Tamh naomhtha, re sad an La, o a Noibrighibh, o a Mbriathraibh, agus o a Nimuainteadhaibh fein, fathiomchioll a Ngnothuigheadh saoghalta agus a Naigher o, achd mar an gceudna, a caitheamh na huine sin go hiomlan, ann a Ngniomharthaibh Adhraidh Fhollus agus Dhiomhaire DE, agus ann an Dleasdanaisaibh na Heginn agus na Trocaire p.

o Exod. xx. 8. Exod. xvi, 23, 25, 26, 29, 30. Exod. xxxi. 15, 16, 17. Itai. lviii. 13. Nehem. xiii. 15, 16, 17, 18, 19, 21, 22. p Itai. lviii, 13. Mat. xii, 1, go nuig rann 13.

C A I B. XXII.

Mu Mhionnaibh agus Mheidibh Laghambla.

I. **M**ionna Laghamhoil is cuid don Adh-radh Crabhach iad a ann a bhfuil air Chionfath Ceart, an Ti a mhionnuigheas, go solamainte ag gairm DHIA bheith mar Fhiaghnuis air a ni ata se ag radh, no ag gealladh; agus chum Breith a thabhairt air, do reir Firinn no Breig a mhionna b.

E 5

II. A

a Deut. x. 20. b Exod. xx. 7. Lebit. xix. 12. 2 Cor. i. 23. 2 Seanch. vi. 22, 23.

II. A se Ainm DHE amhain, a ni air an gcoir do Dhaoine Mionnughadh, agus ann sin do dheanamh is coir a ghnathughadh le gach uile Eagal agus Urram naombtha c. Uime sin is ni peacach agus graineamhoil, Mionna a thabhairt go diomhaoineach, no go hobann, air an Ainm Ghlormhar Uathbhasach sin; no Mionna a thabhairt idir air einni air bith eile d. Gidheadh mar ata Mionna, a Ccuifibh mora tromdha, air na mbarantughadh le Focal DE fan Tiomna Nuadh, amhuil is fan Tseintiomna e; as amhluidh is coir Mionna Laghamhoil do thabhairt, a chuirfear † *mar gcomhair.* † d'ualach oruinn, ionna nleithidibh sin do Chuifibh, le Ughdarras Laghamhoil f.

c Deut. vi. 13. d Exod. xx. 7. Jerem. v. 7. Matt. v. 34, 37. Seam. v. 12. e Eabhr. vi. 16. 2 Cor. i. 23. Ifai. lxxv. 16. f 1 Riogh. viii. 31. Nehem. xiii. 25. Esra x. 5.

III. Gidh be air bith neach do bheir Mionna, is coir dho Truime Ghniomh comhsholomanta is sin do thabhairt go hiomchubhaidh sa deara; agus iona Mhionnaibh, gun ni air bith a chur roimhe, achd ni ma bhfuil se laindeimbin gur Firinne g. Agus ni gcoir do Dhuine air bith, e fein do cheangal le Mionnaibh re ni air bith achd ni ata maith agus ceart; agus ni ma bhfuil

g Exod. xx. 7. Jerem. iv. 2.

bhfuil se fein ag creidsin gur maith agus ceart e; agus ni, ata Comas agus Run aige a choimhlonadh *b*. Gidheadh is Peacadh, Mionna do dhiultadh fathimchioll einni ata maith agus ceart, an tan do chuirfear sin d'ualach oruinn le Ughdarras Laghamhoil *i*.

h Geine xxiv. 2, 3, 4, 5, 6, 8, 9.
i Aireamh. v. 19, 21. Nehem. v. 12.
Exod. xxii. 7, 8, 9, 10, 11.

IV. Is coir Mionna do thabhairt ann a Seagh shoiller agus ghnathach na Mbriathar, a † *Saobhsheagh*. bhfeugmhuis † Atharrach *Seagh-dhubhalta* Seagha, no * Taisg-Inn- * *Seachnadh* no tine *k*. Ni bhfeud Mionna *SeachrodInntine*. ar gceangal chum Peacadh do dheanamh; achd an tan do bheirtheair iad, ann a ni air bith nach bhfuil peacach, ataid ag ceangal Dhuine, re a ngcoimhlonadh, ge go bann le Caill do fein *l*: Agus ni gcoir a mbriseadh ge go bann do Eiriceachaibh, agus do Aincreidmheachaibh a bhiodh siad air na ntabhairt *m*.

k Jerem. iv. 2. Salm xxiv. 4. l 1 Samu. xxv. 22, 32, 33, 34. Salm xv. 4. m Ezech. xvii. 16, 18, 19, Josh. ix. 18, 19, maille re 2 Samu. xxii. 1.

V. Ata Nadur na Moide agus Nadur Mhionn geallaidhe cosmhuil re a cheile, agus fann leis an Churam. Crabhtach cheadna is
scir

coir a tabhairt, agus leis an Dilseachd
cheadna is coir a biocadh *n*.

n Hail. xix. 21. Seanmoir, v. 4, 5, 6. Salm
lxi. 8. Salm lxvi. 13. 14.

VI. Sann do DHIA amhain, agus ni l ann
do Chreutuir air bith, is coir Moid do thabh-
airt *o*: Agus chum go mbiodh si taitneamh-
ach dho, is coir a tabhairt go toileach, o
Chreideamh, agus o Choinneas ar Dleas-
danais, air mhodh Buidheachais air son So-
char a bhfuaramar, no chum go fuighimid
a ni ata d'caibhaidh oruinn; thrid so fos
atamaoid gar cceangal fein ni is teinne re
Dleasdanaisibh riachdanacha; no re Neith-
ibh cile, an meid, agus an sad, do fheudas
fiad congnamh a dheanamh leo go hiom-
chubhaidh *p*.

o Salm lxxvi. 11. Jerem. xlv. 25, 26.
p Deut. xxiii. 21, 22, 23. Salm l. 14. Geine.
xxviii. 20, 21, 22. I Samu. i. 11. Salm lxvi.
13, 14. Salm cxxxii. 2, 3, 4, 5.

VII. Ni geon do Dhuine air bith, Moid
do thabhairt chum einni idir do dheanamh
ata air na thoirmeasg a Bhfocal DE, no a
Lbacas Dleasdanais air bith ata air na aithne
ann; no einni ma nach bhfuil Geallamh air
bith aige, air Comas dsaghail o DHIA da
choinhlionadh *q*. Agus da thaobh so ata
Moid Manachamhla na Bpapanacha mu
Bheatha

q Gniomh. xxiii. 12, 14. Marc vi. 26. Air-
eamh. xxx. 5, 8, 12, 13.

Bheatha † neamhphofda a cho-
idch, mu Bhochduin admhailte, † *na Sior-*
agus Umhlachd riaghalta, *Oghdhachd.*
comhfhada o bheith na Ngcei-
meadh do thuileadh Foirfidheachd, as gur
Painteireadh chum Saobhchreideamh agus
Peacadh iad, ann nach coir do Chrifduigh
air bith e fein do chur an las *r.*

r Matt. xix. 11, 12. *1* Cor. vii. 2, 9.
Ephes. iv. 28. *1* Phead. iv. 2. *1* Cor. vii. 23.

C A I B. XXIII.

M'an Uachdaran Shaoghalta.

I. **D**O orduigh DIA (Ard-Thighearna,
agus Ríogh an Tsaoghail uile)
Uachdarain Saoghalta fa Laimh, ofcionn an
Phobuil, chum a Ghloire fein,
agus chum an Mhaith † Cum- † *Puibligh.*
anta: agus chum na Criche so, *Coitcbionn.*
do Armuigh se iad le Comas
an Chloidheamh chum Tearmunn agus Meis-
neach don drong ata Maith, agus chum
Dioghaltas air luchd deanaidh Uile *a.*

a Romh. xiii. 1, 2, 3, 4. *1* Phead ii. 13, 14.

II. As Laghamhoil do Chroifduighibh
Oifig Uachdaraine a ghabhail, agus a cur a
ngniomh, an tan do ghairmear chuige sin
iad *b*; agus iona Marasglughadh, mar is
coir dhoibh bheith go hairid ag congghail
suas

b Seanfhoc. viii. 15, 16. Romh. xiii. 1, 2, 3, 4.

suas Diaghachd, Comhthrom, agus Siothchain, do reir Reachdaibh fallana gach Stata *c*, as amhluidh chum na Criche sin, feudfuid go laghamhoil anois fan Tiomna Nuadh, Cogadh do dheanamh, air Adhbar-aibh cearta agus riachdanacha *d*.

c Salm ii. 10, 11, 12. I Tim. ii. 2. Salm lxxxii. 3, 4. 2 Samu. xxiii. 3. I Phead. ii. 13. *d* Luc. iii. 14. Romh. xiii. 4. Matt. viii. 9, 10. Gniomh. x. 1, 2. Foillf. xvii. 14, 16.

III. Ni gcoir don Uachdaran Shaoghalta, Fritheoladh an Fhocail agus na Nsacramuinteachd, no Comas Eochracha Rioghachd Neamha, a ghabhail chuige fein *e*: gidh-eadh, ata Ughdarras aige agus a se a Dhleasdanas, Curam a ghabhail go mbi Aonachd agus Siothchain air na ngcoimhead fan Eaglais, go mbi Firinn DE air a coimhead fionghlan agus iomlan, go mbi Blaispheim agus Eiriceachd air na ngosg, go mbi gach uile Thruailleadh agus Mhiodhghnathughadh ann an Adhradh no ann an * Diofsuiplinn air na mbacadh no air na nleasughadh, agus go mbi uile Oirdionnanfaidh DHE go hiomchubhaidh air na nsuidhiughadh, air na mfritheoladh, agus air na ntabh-
airt

e 2 Seanch. xxvi. 18, maille re Mat. xviii. 17. agus Matt. xvi. 19. I Cor. xii. 28, 29. Ephes. iv. 11, 12. I Cor. iv. 1, 2. Romh. x. 15. Eabhr. v. 4.

airt fa deara *f*. Agus chum na Criche so, ata Comas aige Seannaidh do ghairm, bheith a lathair ionnta, agus Curam a ghabhail go mbi gach einni a chriochnuighear ionnta, do reir Inntin DE *g*.

f Isai. xlix. 23. Salm cxxii. 9. Esra vii. 23, 25, 26, 27, 28. Lebhrit. xxiv. 16. Deut. xiii. 5, 6, 12. 2 Riogh. xviii. 4. 1 Seanch. xiii. rann 1, go nuige rann 9. 2 Riogh. xxiii. 0 rann 1, go nuige rann 26. 2 Seanch xxxiv. 33. 2 Seanch. xv. 12, 13. *g* 2 Seanch. xix. 8, 9, 10, 11. 2 Seanch. Caibideal xxix. agus Caibideal xxx. Matt. ii. 4, 5.

IV. A se Dleasdanas an Phobuil Urnuighe do dhesnamh air son Uachdaran-aibh *h*, Onoir do thabhairt da Mbpearsunnaibh *i*, Cios agus Dlighidh eile do dhiol doibh *k*, bheith freagrach da Naitheantaibh laghamhla, agus faoi Umhlachd da Nughdarras air son Coinfias *l*. Ni bfuil Neimhchreideamh no Difir a Gcreideamh, ag deanamh Ughdarras cheart agus laghamhoil an Uachdaraine neamhthabhadhach, no ag faoradh an Phobuil o a Numhlachd dhlighteach dho *m*; Ni o nach bhfuil Oifigeacha Eaglasda air na mhtuasgladh; agus as lugha na sin ata Comas no Uachdranachd aig an Phapa

h 1 Tim. ii. 1, 2. *i* 1 Phead. ii. 17. *k* Rom. xiii. 6, 7. 1 Rom. xiii. 5. Tit. iii. 1. *m* 1 Phead. ii. 13, 14, 16. *n* Rom. xiii. 1. 1 Riogh ii. 35. Griomh. xxv. 9, 10, 11. 2 Phead ii. 1, 10, 11. Jude rann 8, 9, 10, 11.

Phapa os a ngcionn iona Nduthchadhaibh, no ofcionn einneach da Mpobul; agus as lugha na sin uile ata Comas aige, a Nduth-aigheadh, no a Nanma, do thabhairt uatha, ma mheasfas esin gur Eiricigh iad, no faoi Leithsgeul air bith eile *o*.

o 2 Tessal. ii. 4. Foillf. xiii. 15, 16, 17.

C A I B. XXIV.

Mu Phosadh agus Dhealughadh.

I. **A** Ta an Bposadh edir aon Fhear agus aon Bhean; agus ni nlaghamhoil go mbi san aon Aimsir, tuileadh is aon Bheanphosda aig an Fhear, no tuileadh is aon Fhear posda ris an Mhnaoi *a*.

a Geine. ii. 24. Matt. xix. 5, 6. Seanfhoc. ii. 17.

II. Do bhi an Bposadh air na ordughadh chum comhchuidiughadh an Fhir agus na Mna posda araon *b*, chum Cinneas an Chinidh Daonna le Sliochd laghamhoil, agus Cinneas na Heaglaise le Siol naomhtha, *c*, agus chum Neamhghloine do bhacadh *d*.

b Geine. ii. 18. *c* Malachi ii. 15. *d* 1 Cor. vii. 2, 9.

III. As laghamhoil do gach seorsa Dhaoine bheith air na mposadh, da naithne le tuigse aontughadh re Posadh *e*: Gidheadh as dleas-

danach

e Eabhr. xiii. 4. 1 Tim. iv. 3. 1 Cor. vii. 36, 37, 38. Geine. xxiv. 57, 58.

Janach do Chriosduidhibh Pofadh amhain san Tighearna *f*: Agus uime sin ni gcoir dhoibhsin ata ag admhail an Fhior-Creidimh aithleasfughte, Pofadh do dheanamh re Aincreidmbeachaibh, re Papanachaibh, no re Luchd Iodholadhraidh eile: Ni mo is coir dhoibhsin ata Diaghaidh bheith air na ngcuingreadh go neamhchomhthromach, le Pofadh do dheanamh riu san ata go hionchomharthaighthe Aindiaghaidh iona Mbeatha, no ata ag seasamh Eiriceachda damnabhla *g*.

f 1 Cor. vii. 39. *g* Geine. xxxiv. 14. Exod. xxxiv. 16. Deut. vii. 3, 4. 1 Riogh. xi. 4. Nehem. xiii. 25, 26, 27, Malachi ii. 11, 12. 2 Cor. vi. 14.

IV. Ni gcoir don Phofadh bheith an taobh a stigh, do Cheimeadh Daimbe Comhfhola, no Cleamhnuis, ata air na ntoirmeasg san Fhocal *h*: ni mo fheudfas na Pofaidhe colnacha sin bheith air na ndeanamh lugh-amhoil a bhfeasda le Lagh air bith Dhuine, no le Aontughadh no Bpairtidhe, air chor as go bhfeud an aitimsin a Mbeatha do chairreamh maille re a cheile mar Fhear agus mar Mhnaoi phofda *i*. Ni bhfeud an Fear einneach a phofadh do Chinneach a Mhna, ni is dluithe dho thaobh Fola, na fheudfas se da Chinneach fein: no an Bhean einneach a phofadh

h Lebhrit. Caibideal xviii, go hiomlan. 1 Cor. v. 1. Amos ii. 7. 1 Marc vi. 18. Lebhrit. xviii. 24, 25, 26, 27, 28.

phosadh do Chinneach a Fir, ni is dluithe dhi thaobh Fola na fheudfas si da Cinneach fein *k*.

k Lebhrit. xx. 19, 20, 21.

† *Diolanas.* V. Adhaltranas no † Striop-achas do niotar an diaigh Comhcheangail reitigh, air bheith dho air na fhoillsiughadh roimh an Phosadh, ata sin ag tabhairt Adhbhar ceart don Phartidh neimhchiontach an Ccoimhcheangal reitigh do sgaoileadh *l*. Ann a Ccuis Adhaltranas an diaigh Posaidh as laghamhoil don Phairtidh neimhchiontach, dealughadh a thagradh agus dfaghail *m*: agus an diaigh Deilighidh, neach eile do phosadh, amhuil mar go biodh an Phairtidh ata ciontach marbh *n*.

l Matt. i, 18, 19, 20. *m* Matt. v. 31, 32. *n* Matt. xix. 9, Romh. vii. 2, 3.

VI Ge ta an Truailidheachd sin san Duine as gur hullamh leis bheith ag fireadh Riain chum an aitim sin do chur o a cheile go neimhdhligheach, a chuir DIA re a cheile san Phosadh, gidheadh ni bhfuil ni air bith achd Adhaltranas, no an Treigeadh diothrasach sin nach feidir a leasughadh air mhodh air bith, leis an Eaglais, no leis an Uachdaran Shaoghailta, na Adhbhar diongmhalta chum Ceangal an Phosaidh dfuasgladh *o*; agus ann so do dheanamh, fann air Mhodh follas agus riaghailteach is coir don

Chuis

o Mat. xix. 8, 9. *i* Cor. vi. 15. Mat. xix. 6.

Chuis dul air a bhagaidh; agus gun an
aitim da mbuin si, d'fagbhail ga Ntoil agus
ga Mein fein, iona Ngcuis fein p.

p Deut. xxiv. 1, 2, 3, 4.

C A I B. XXV.

M'an Eaglais.

I. **A**N Eaglais Chaiteoiliceach no Uile-
choitcheann, ta Neamhfhaicfion-
nach, ata si air a deanamh suas, don Air-
eamh iomlan sin na Ndaoine Taghta, do
bhi, ata, no a bhios air na ntionnal a naon
faoi Chrìosd, a Ceann; agus a si Ceile, Corp,
agus Iomlaine an Ti ata ag lionadh na nuil-
idh ann fna builidhibh a.

a Ephes. i. 10, 22, 23. Ephes. v. 23, 27,
32. Coloff. i. 18.

II. An Eaglais Fhaicfionnach, ata mar an
gceadna Caiteoiliceach no Uilechoitcheann
(faoi an Tfoisgeul gun i ceangailte re aon
Fhineach, mar do bhi si roimhe faoi an
Lagh, ata si air a deanamh suas, dhiobhsin
uile air feadh an Dombain, ata ag admhail
an Fhiorchreidimh b, agus da Ngclann c;
agus a si Rioghachd an Tighearna Iosa
Crìosd

b 1 Cor. i. 2. 1 Cor. xii. 12, 13. Salm ii. 8.
Foills. vii. 9. Romh. xv. 9, 10, 11, 12. c 1 Cor.
vii. 14. Gnìomh. ii. 39. Esek. xvi. 20, 21.
Romh. xi. 16. Geine. iii. 15. Geine. xvii. 7.

Criofd *d*, Tigh agus Teaghlach DHE *e*, agus ni bhfeidir idir an taobh a muigh dhì righionn go gnathuichte air Slainte *f*.

d Matt. xiii. 47. Isai. ix. 7. *e* Ephes. ii. 19. Ephes. iii. 15. *f* Gniomh. ii. 47.

III. Don Eaglais Chaiteoiliceach Fhaicfionnach so, thug Criofd an Mhiniosdralachd, Oracail, agus Oirdionnansaidh DHE, chum na Naoimh a thional agus a dheanamh foirfe, san Bheathasa, go Deireadh an Tsaoghail; agus ata se le na Lathair, agus le na Spiorad, do reir a Gheallaimh, ga ndeanamh eifeachdach chuige sin *g*.

g 1 Cor. xii. 28. Ephes. iv. 11, 12, 13. Matt. xxviii. 19, 20. Isai. lix. 21.

IV. Do bhi an Eaglais Chaitliceachsa air uairibh ni B'faicfionnuighe, agus air uairibh ni bu Neamhfaicfionnuighe *h*: Agus Eaglaiseadh air leith, ta na Mbuill di, staid Glan ni is mo no ni is lugha, do reir mar ata Teagasg an Tsoisgeil air na theagasgadh agus air na ghabhail, na Hoirdionnansaidh air na mfritheoladh, agus Adhradh follas air na dheanamh le ni is mo no le ni is lugha do Ghlaine ionta *i*.

h Romh. xi. 3, 4. Foills. xii. 6, 14. *i* Foills. Caibideal ii. agus Caibideal iii. 2 Cor. v. 6, 7.

V. Feudfuidh na Heaglaiseadh as glaine faoi Neamh teachd faoi Chumasg agus

Earruid

Earroid *k*: agus do chlaon Eaglaise dh egin air a nais comhmor as go dfag fiad bheith na Neaglaiseadh do Chríofd, agus dfas fiad na Nsineagoga don Aidhbhirseoir *l*. Gidheadh bithidh do ghna air Thalamh, Eaglais re Adhradh a dheanamh do DHIA, do reir a Thoile *m*.

k I Cor. xiii. 12. Foillf. Caibideal ii. agus Caibideal 3. Matt. xiii. 24, 25, 26, 27, 28, 29, 30, 47. I Foillf. xviii. 2. Romh. xi. 18, 19, 20, 21, 22. m Matt. xvi. 18. Salm lxxii. 17. Salm cii. 28. Matt. xxviii. 19, 20.

VI. Ni bhfuil Ceann air bith eile aig an Eaglais achd an Tighearna Iosa Críofd *n*. Ni mo fheudfas Papa na Roimhe bheith na Cheann di ann a Seagh air bith, achd a se an Tainticríofd sin, Duine, sin an Pheacaidh, agus † *an Damnuighe*. Mac † na Sgríosa, ata ga ardughadh fein ann san Eaglais, an aghaidh Chríofd, agus an aghaidh na nuilidh da ngoirthear DIA *o*.

n Coloss. i. 18. Ephes. i. 22. *o* Mat. xxiii. 8, 9, 10. 2 Tessal. ii. 3, 4, 8, 9. Foillf. xiii. 6.

C A I B. XXVI.

Mu Chomhchomunn na Naomh.

I. **A** Ta aig na huile Naomh, † do † *a d'arnuighadh*.
dhluthchuireadh re Iosa

Críofd

Criost a Ngceann le na Spiorad agus le Creideamh, Comhchomunn ris iona Ghrafaibh, iona Fhalannasaibh, iona Bhas, iona Eiseirigh, agus iona Ghloir *a*: Agus air bheith dhoibh air na ndluthchur re a cheile ann a Ngradh, ata Comhchomunn aca a Ngibhtibh agus a Ngrasaibh a cheile *b*, agus ata dfiachaibh orra na Dleasdanas fa follas agus diomhaire sin do dheanamh, a bhios chum Maith a cheile, aron san Duine an leith a stigh agus san Duine an leith a muigh *c*.

a 1 Eoin i. 3. Ephes. iii. 16, 17, 18, 19. Eoin i. 16. Ephes. ii. 5, 6. Philip. iii. 10. Romh. vi. 5, 6. 2 Tim. ii. 12. *b* Ephes. iv. 15, 16. 1 Cor. xii. 7. 1 Cor. iii. 21, 22, 23. Colos. ii. 19. *c* 1 Tessal. v. 11, 14. Romh. i. 11, 12, 14. 1 Eoin iii. 16, 17, 18. Galz. vi. 10.

II. Ata dfiachaibh air an droing ata na Naoimh thaobh Admhala, Companas agus Comhchomunn naomhtha do chongbhail suas ann an Adhradh DHE, agus ann a gcoimh-

lionadh gach Seirbheis
 † *ata chum cur- Spioradalta eile, * † leis*
suas a cheile. a bhfeud siad Maith

Spioradalta a cheile do chur air aghaidh *d*; agus mar an gceadna ann a bheith ag deanamh Pua-sglaidh da cheile, a neithibh an leith a muigh, do reir a Ngcomais agus a Nriachdanais fa leith. Agus mar

d Eabhr. x. 24. 25. Gniomh. ii. 42, 46. 1 Mai. ii. 3. 1 Cor. xi. 20.

mar bheir DIA Fath iomchubhaidh seachad
ata an Ccomhchomunnfa re na chongbhail
riusan uile ata a nait air bith ag gairm air
Ainm an Tighearna Iosa e.

e Gniomh. ii. 44, 45. i Eoin iii. 17. 2 Cor.
Caib. viii, agus Caib. ix. Gniomh. xi. 29, 30.

III. Ni bhfuil an Ccomhchomunnfa ata
aig na Naoimh re Criold, ga ndeanamh air
chor air bith na nluchd-combpairt do Shubh-
staint a Dhiadhachd, no air modh air bith a
gcoimeas do Chríold; agus is Midhaghaidh
agus Blaispheimeach, eunchuid diobh sin do
radh f. Ni mo ata a Ngomhchomunn re a
cheile mar Naoimh, ag fuaigladh no ag
lughdughadh an Choir ata aig gach Duine
air a Mhaoin, agus air na neithibh ata air a
Sheilbh g.

f Colof. i. 18, 19. i Cor. viii. 6. Isai. xlii. 8.
i Tim. vi. 15, 16. Psalm xiv. 7. maille re Eabbr.
i. 8, 9. g Exod, xx. 15. Eph. iv. 28. Gniomh.
v. 4.

C A I B. XXVII.

Mu na Sacramaintibh.

I. **A** Ta Sacramainteadh na Ngcombartha-
dha agus na Nseula naomhtha air
Choimhcheangal na Ngras a, air na nordogh-
adh go neimhmeadhonach le DIA b, chum
Criold agus a Shochoire do thaisbeunadh;
agus

a Romh. iv. 11. Geine. xvii. 7, 10. b Matt.
xxviii. 19. i Cor. ii. 23.

agus chum ar Gcoir air do dhaingniughadh *c*; chum mar an gceadna Eidirthealadh foilleir do chur edir an drong a bhuineas don Eaglais, agus an chuid eile don Tsaoghal *d*; agus chum a ngeangal go solamanta re Seirbheis DE a Gcriosd, do reir Fhocail *e*.

c I Cor. x. 16. I Cor. xi. 25, 26. Gala. iii. 27. *d* Romh. xv. 8. Exod. xii. 48. Geine. xxxiv. 14. *e* Romh. vi. 3, 4. I Cor. x. 16, 21.

II. Ata ann sgach Sacramaint Daimh Spioradalta, no Aonadh Sacramainteoil, edir an Ccomhartha agus a Ni ata air na chomharthughadh leis, agus da thaobh so ata Ainmeanna agus Toradh an dara aoin, air na ainmniughadh air an aon eile *f*.

f Geine. xvii. 10. Matt. xxvi. 27, 28. Tit. iii. 5.

III. An Grasata air na * thabhairt seachad trid na Sacramaintibh, no ionnta, air na ngnathughadh go ceart, ni bhfuil se air na thabhairt duinn bhrigh Cumhachd air bith ata ionnta; ni mo ata Eifeachd

† *a nearbsa*. Sacramainte, † ceangailte re Diaghaidheachd no re Run an ti ata ga fritheoladh *g*; achd re Obair an Spioraid *h*, agus re Focal an Orduighidh, ann a bhfuil Geallamh air Sochair don drong a ghabhas chuca i go hiomchubhaidh, agus Aithne fos ata ag tabhairt Ughdarrais duinn a ngnathughadh *i*.

IV. Ata *g* Romh. ii. 28, 29. I Phead. i. 21. *h* Mat. iii. 11. I Cor. xii. 13. I Mat. xxvi. 27, 28. Mat. xxviii. 19, 20.

IV. Ata da Shacramaint amhain air na nordughadh le ar Dtighearna Iosa Criosd an Tsoisgeul, eadhon, Baifdeadh agus Suipeir an Tighearna; Agus ni gcoir a haon diobh so do Fhritheoladh le neach air bith achd Minisdeir an Fhocail, ata go Laghamhoil air na Ordughadh *k*.

k Matt. xxviii. 19. I Cor. xi. 10, 23. I Cor. iv. 1. Eabhr. v. 4.

V. Thaobh na neithe Spioradalta do bhi air na ngciallughadh agus air na ntabhairt le Sacramaintibh an Tseintiomna, bionunh Brigh dhoibh is do Shacramaintibh an Tiomna Nuaidhe *l*.

l I Cor. x. 1, 2, 3, 4.

C A I B. XXVIII.

M'an Bhaifdeath.

I. **A**N Baifdeadh is Sacramaint an Tiomna Nuaidhe *e*, air na ordughadh le Iosa Criosd *a*, ni amhain chum an ti do bhaifdear, a ghabhail a stigh go solamanta don Eaglais Fhaicfionnach *b*; achd mar an gceadna go mbiodh se dho na Chomhartha agus na Sheul, air Coimhcheangal na Ngras *c*, air a shuidhiughadh a Gcriosd *d*, air an Aithgheineamhuin *e*, air Maitheamh-
F nas

a Mat. xxviii. 19. b I Cor. xii. 13. c Romh. iv. 11. maille re Colos. ii. 11, 12. d Gala. iii. 27. Romh. v. 5. e Tit. iii. 5.

nas Peacaidhe *f*, agus air e bheith air na thabhairt suas do DHIA trid Iosa Criosd, chum gluasachd a Nuaidheachd Beatha *g*. Agus ata an Tfacramaintse tre Ordugh Chriosd fein re na congghail air marthuinn iona Eaglais, go nuige Deireadh an Tsaoghail *h*.

f Marc i. 4. *g* Romh. vi. 3, 4. *h* Matt. xxviii. 19, 20.

II. A se is Elemeintan leith a muigh, rena ghnathughadh san Tfacramaintse, an Tuisge; leis a bhfuil an ti do bhais-tear, re na bhais-teach a Nainm an Athar, an Mhic, agus an Spioraid Naomb, le Minisdeir an Tsoifgeil air na ghairm go laghamhoil chuige sin *i*.

i Matt. iii. 11. Eoin i. 23. Matt. xxviii. 19, 20.

III Ni bhfeudhomoil an ti do bhais-tear a Thumadh san Uisge; achd ata an Bais-deadh air na fhritheoladh go ceart le Uisge a dhortadh. no a chrothadh air *k*.

k Eabhr. ix. 10, 19, 20, 21, 22. Gniomh ii. 41. Gniomh. xvi. 33. Marc vii. 4.

IV. Ni hjad amhain an Drong ata cheana ag admhail Creidimh a Gcriosd, agus Umh-lachda dho is coir a Bhais-tead *l*, achd mar an gceadna Naoidheana thig o Pharaintibh ata araon, no einneach dhiobh, ag creidsin *m*.

V. Ge

l Marc xvi. 15, 16. Gniomh. viii. 37, 38. *m* Geine. xvii. 7, 9. maille re Gala iii. 9, 14. agus Colof. ii. 11, 12. agus Gniomh. ii. 38, 39. agus Romh. iv. 11, 12. 1 Cor. vii. 14. Mat. xxviii. 19. Marc x. 13, 14, 15, 16. Luc. xviii. 15.

V. Ge gur mor an Bpeacadh Dimeas a heanamh air an Orduinnse nō a leigeadh moruinn *n*, gidheadh ni bhfuil Gras agus lainte, air na ngeangal ris, comhdhoith-bealuighthe as nach feud cinneach bbeith ir na Aithgheineamhuin no air na Shabhal-dh iona fheugmhuis *o*; no as go bhfuil ach einneach do bhaisfear, air na Aithgheineamhuin gun amharus *p*.

n Luc. vii. 30. maille re Exod. iv. 24, 25, 6. o Romh. 4. 11. Gniomh. 10. 2, 4, 22, 1, 45, 47. p Gniomh. 8. 13, 23.

VI. Ni bhfuil Eifeachd an Bhaifidh eangailte ris an Mbionuidsin D'aimfite ann bhfuil se air na fhritheoladh *q*, achd gidheadh tre gnathughadh ceart an Orduinse, ta an Gras do ghealladh, ni amhaín air a thairgse, achd do rireadh air na thabhairt eachad leis an Spiorad Naomh, don drong ma thangadar go Haois, no mas Naoidhana iad,) de mbuin an Gras sin, do reir comhairle Thoile DHE fein, iona Am oruighthe *r*.

q Eoin iii. 5, 8. r Gala. iii. 27. Tit. iii. 5. Ephes. v. 25, 26. Gniomh. 2. 38, 41.

VII. Ni bhfuil Sacramaint an Bhaifidh e na fritheoladh achd aon Uair do neach ir bith *s*.

F 2

CAIB

f Tit. 3. 5.

G A I B. XXIX.

Mu Shuipeir an Tighearna.

I. **D**O Orduigh ar Dtighearna Iosa Críofd san Oidhche ionar bhraith-eadh e, Sacramaint a Chuirp agus Fhola, da ngoirthear, **SUIPEIR an TIGHEARNA**, re na gnathughadh iona Eaglais go nuige Deireadh an Tsaoghail, chum Cuimhniughadh gnath-mhairthionnach air an Iobairt sin de fein, iona Bhas; chum a huile Shochaire do sheulughadh do na Fíorbreidmheachaibh; chum a Mbeathughadh agus a Ngcinneas Spioradalta annsan, chum tuileadh Ceangail orra ann sna huile Dhleasdánaibh agus riu, a dhlighthear dho uatha; agus chum bheith na Bann agus na Gealldaingnighe air a Ngcomhchomunn risin, agus re a cheile, mar Bhuill a Chuirp Dhiomhairsin *a*.

a I Cor. xi. 23, 24, 25, 26. I Cor. x. 16, 17, 21. I Cor. xii. 13.

II. Ann san Tfacramaintse ni bhfuil Críofd air na offraileadh suas da Athair, no Fíor-Iobairt air Bith air na dheanamh idir, chum Maitheamhnas Peacaidh na Mbeo no na Marbh *b*; achd amhain, Cumhniughadh air an aon offrailead sin de fein
 † *Chrois*. a rinn se fein, air an † Chrann Cheusúighe eunúair amhain
 b Eabhr. ix. 22, 25, 26, 28. agu

agus offrail Spioradalta gach uile Mholaidh
ata ionar Ccomas a thabhairt do DHEA, air
a shon sin *c*: Air chor as go bhfuil Iobairt
Phapanach na Haifrin (mar a deirid ria)
ag deanamh Eugcoir ro-shuadhmhar, d'aon
Iodhbairt Chríofd, an taon Reidhteach sin air
son uile Pheacaidhibh na Ndaoine Taghta *d*.

c 1 Cor. xi. 24, 25, 26. Mat. xxvi. 26,
27. d Eabhr. vii. 23, 24, 27. Eabhr. x. 11,
12, 14, 18.

III. Ann san Orduinnse, do orduigh an
Tighearna Iosa da Mhinidribh, Focal an
Orduighidh do thaisbeunadh da Phobul,
Urnuighe do dheanamh, agus Elemeinteadha
an Arain agus an Fhiona do bheannughadh,
agus thrid sin a ngeur air leith o Fhogh-
namh gnathach, chum Foghnamb naomh-
tha; agus an Taran do ghlacadh, agus do
bhriseadh, an Cupan do ghlacadh, agus
(iad fein ag comunnughadh mar an gceud-
na) iad so araon do thabhairt don Luchd-
comunnuighidh *e*; achd go a ntabhairt
do neach air bith nach bhfuil an sin a lathair
san Choimhthionol *f*.

c Matt. xxvi. 26, 27, 28, agus Marc xiv.
22, 23, 24. agus Luc. xxii. 19, 20. maille re
1 Cor. xi. 23, 24, 25, 26. f Gníomh. xx. 7.
1 Cor. xi. 20.

IV. Aifriona diomhair, no gabhail na Sa-
cramaintle le Sagairt no le einneach eile na

sonar *g*, agus mar an gceadna an Cupan do chongmhail air ais on Phobul *h*, Adhradh a cheanamh do na Helemeintibh, a ntogbhail a naird no a niomchradh ma gcuairt chum Adhradh dhoibh, agus a nta'gadh chum Foghnamh Crabhthach air bith bhios Daoine ag cur rompa, ataid iad so uile conntardha do Nadur na Sacramaintse, agus D'ordugh Chríofd *i*.

g 1 Cor. x. 6. *h* Marc xiv. 23. 1 Cor. xi. 25, 26, 27, 28, 29. *i* Matt. xv. 9.

V. Na Helemeinteadha an leith a muigh san T'sacramaintse, air na n'gcur air leith go hiomchubhaidh chum na Foghnaibh a dor-duigh Críofd, ata an Daimh sin aca rifin air na cheusadh, as go naimnightheas iad air uairibh, go fíor, gidheadh fann go Sacramainteoil amhain, le Ainmnibh na neithe ataid ag taisbeunadh, cadhón Chuirp agus Fola Chríofd *k*, getaid thaobh a N'subhstaintse agus a Naduire ag fantuin do ghna na Narain agus na Mhíon amhain, agus go fíor mar do bhi siad roimhe *l*.

k Mat. xxvi. 26, 27, 28, 1 1 Cor. xi. 26, 27, 28. Mat. xxvi. 29.

VI. An Teaga'g sin ata *agcur roimhe go bhfuil Subhstaint a Narain agus an Fhíon air atharrughadh go Subhstaint Cuirp agus Fola Chríofd (ní da ngoirthear go coit-chíonn, Transubstansíon) tre Coisregeadh Sagaint, no air mar dh air bith eile, ata se r amhain

mhain an aghaidh an Scrioptuir, achd fos an
ghaidh Riasuin agus Tuigse chumanta, agus
g cur as do Nadur na Sacramaint, agus
nar an gceadna do bhi agus ata se na Adh-
bhar do iomadh Saobhchrabhadh agus
Iodholadhradh fhuadhmhartha *m*.

m Gnìomh. iii. 21. maille re 1 Cor. xi 24,
25, 26. Luc, xxiv. 9, 39:

VII. An san ata Luchd-comunnuighidh
Iomchubhaidh ag gabhail san leith a muigh,
na Helemeinteadh a fàicseinnacha, ann san
Tfacramaintse *n*, ataid an sin mar an gcead-
na an leith a stigh trid Creidimh, go fìor
agus do rìreadh, gidheadh ni hann go Feol-
mhar agus go Corpordha; achd go Spiorad-
alta, ag gabhail agus ag beathughadh a
Nanmanna air Chrìosd agus uile Shochair-
ibh a Bhais. Air bheith do Chorp agus Dfùil
Chrìosd san am sin, ni hann a lathair go
Corpordha no go Feolmhar faoi an Arann
agus an Fhion, no ionnta, no maille riu,
achd gidheadh a lathair do Chreideamh na
Gcriedmheacha ann san Orduinnse, comh-
fhior, achd fann go Spioradalta, is ata na
Helemeinteadha fein a lathair da Ngeead-
faidhibh Corpordha an leith a muigh *o*.

n 1 Cor. xi. 28. *o* 1 Cor. x. 16.

VIII. Ge go ngabh Daoine aineolach agus
aingidh na Helemeinteadha an leith a muigh
san Tfacramaintse, gidheadh ni bhfàilid ag
gabhail an ni ata air na Chiallughadh leo;
achd

achd le a ntcachd da hionnsuidhe go neamh-
iomchubhaidh, ataid ciontach do Chorp agus
Dfuil an Tighearna chum an Damnuighe
fein. Uime sin mar as neimhiomchubhaidh
na huile Dhaoine aineolacha agus neimh-
dhiaghaidh air Comhchomunn risin do
mhealtuin, as amhluidh ni airigh iad air
Bord an Tighearna; agus an fheadh do
mhairfeas siad mar sin, ni bhfeud siad, gun
Pheacadh mor an aghaidh Chríost, na
Diomhaireadha naomhthasa do ghabhail p,
no bheith air na nleigeadh da nionnsuidhe q.

p 1 Cor. xi. 27, 28, 29. 2 Cor. vi. 14, 15,
16. q 1 Cor. v. 6, 7, 13. 2 Tessal. iii. 6, 14,
15. Matt. vii. 5.

C A I B. XXX.

Mu Smacbdadhaibh na Heaglaise.

I. **D**O orduigh an Tighearna Iosa, mar
Ríogh agus Cheann na Heaglaise,
* Riaghailteachd innte, ann Laimhibh Oifig-
eacha Eaglasda, eaidrdhealuighte o Nuach-
daran Shaoghalta a.

a Isai. ix. 7. 1 Tim. v. 17. 1 Tessal. v. 12.
Gníomh. xx. 17, 28. Eabhr. xiii. 7, 17, 24.
1 Cor. xii. 28. Matt. xxviii. 18, 19, 20.

II. Ris na Hoifigeachaibhse ata Eochracha
na Ríoghachd Neamhdha air a nearbsa; agus
da thaoibh so ata Comas aca Peacaidh do
chongmhail, no do Mhaitheamh, fa leith;

an

an Rioghachd ud do dhruideadh an aghaidh a Ndaoine neambaithrigheach, leis an 'hocail agus le Smachdadhaibh Eaglasda raon; agus a fosgladh do Pheacachaibh ithrigheach, le Miniosdralachd an Tsoifgeil, agus le fuafgladh o Smachdadhaibh Eaglasda, mar do iarras an-Chuis *b*:

b Matt. xvi. 19. Matt. xviii. 17, 18. Eoin ix. 21, 22, 23. 2 Cor. ii. 6, 7, 8.

III. Ata Smachdaidh Eaglasda feudhmoil chum Braithre oilbheimeacha do thabhairt air a nais agus do chosnadh; chum sga do chur oir Dhaoinibh eile o a namhuil sin do Oilbheimidh; chum an Laibhin sin leis a dhfeidir an Taos uile a thruailladh, do ghlanadh amach; chum Onoir Chríod, agus Admhail naomhtha an Tsoifgeil do shaoradh; chum Fearg DHE do chongmhail air a hais, a dhfeudfadh tuitim go ceartbhreathach air an Eaglais, ma se is go bhfeinlingeadh siad Choimhcheangalsan agus S. an Choimhcheangail sin, bheith air na miodhnaomhthughadh le Luchd-oilbheim fhollus agus ionchomharthaighthe *c*,

c 1 Cor. Caib. v, go h-éimlan. 1 Tim. v. 20. Matt. vii. 6. 1 Tim. i. 20. 1 Cor. xi. 27, go deireadh an Chaibidil: maille re Jude rann 23.

IV. Chum go rigte ní is fearr air na Criochoasó, ata Oifigeacha na Heaglaise re dul air a naghaidh le Earoil, le Druideadh amach

o Shacramaint Suipeire an Tighearna re seal agus le † Teilgeadh amac

† *Carn-Eaglaise.* o Chombchomunn n
Excommunication: Heaglaise, do reir Nadu
 na Cionta, agus Tuilltion

nas an Chiontaigh *d.*

d 1 Tessal. v. 12. 2 Tessal. iii. 6, 14, 15
 1 Cor. v. 4, 5, 13. Matt. xvi. 17. Tit. iii. 10

C A I B. XXXI.

Mu Sheanaidhibh, agus Ard-chomharlaibh

I. **C**Hum go mbiodh an Eaglais ni is fear
 air a Riaghladh, agus ni is mo ai
 * a cur suas, as coir na Coimhthionaladha
 sin do bheith ann da ngoirthear go coitchiont
 Seanaigh agus Ard-Chomharladha *a.*

a Gniomh. 15. 2 4, 6.

II. Mar feudfae Uachdarain Saoghalta
 go l ghamho^{up}, Seanadh do Mhinidridh
 agus do Dhaoine iomchubhaidh eile, do
 ghairm chum dul a Gcomhaille riu, mu
 Gnothaighibh an Chreidimh *b*; as amhluidh
 ma bhios na Huachdarain Saoghalta na
 Naimhde follasa don Eaglais, feudfaidh
 Minidridh Chríost diobh fein bhrigh s
 Noifige, no iadsan maille re Daoinibh iom
 chubhaidh

b Isai. xlix. 23. 1 Tim. ii. 1, 2, 2 Seanch.
 xix. 8, 9, 10, 11. 2 Seanch. Caibideal xxix.
 agus Caibideal xxx, go hiomlan. Matt. 2. 4
 5. Seanfhoc. 11. 14

ubhaidh eile, air bheith dhoibh Comas aghail o a Neaglaisibh, comhdhalughadh a cheile iona nleithidibh sin do Choimh-ionoladha c.

c Gníomh. xv. 2, 4, 22, 23, 25.

III. Bainidh do Sheanadharbá agus Dardiomharlaibh go Miniosdralta Connspoidha Creidimh agus Ceisdean Coinsiasa do tiughadh; Riaghaileadha agus Seolaidh chur síos chum Adhradh follas DE, agus aghailteachd na Heaglaise; Casoideadha Ccuifibh Droichfhritheolaidh deisteachd, us go Hughdarrach a ntabhairt go Crich: agus ma se is go bhfuil na Hordughe agus Breatha so, do reir Focal DE, as coir bhail riu le Hurram agus le Humhlachd; amhain air son a Ngcoimhfhreagrach ris Fhocal, achd mar an gceudna air son an cumhachd leir rinneadh iad, bhrigh gur duinn le DIA e, air na ordughadh chuige iona Fhocal d

d Gníomh. xxv. 15, 19, 24, 27, 28, 29, 30,

. Gníomh. xvi. 4, Matt. xviii. 17, 18, 19, 20,

IV. Feudfuidh na huile Sheanaidh no d Chomharladha, o Aimsiribh na Nabail, mas uilechoitcheanna iad, no ma is gha, dul air Mearachd; agus do chuaidh oran diobh air Mearachd: Uime sin ní oir Riaghail Creidimh no Deanadais a eanamh dhiobh, ach as coir a ngnathughadh

ughadh mar Chuidiughadh ionta so araon e
 e Ephes. ii. 20. Gníomh. xvii. 11. 1 Cor
 ii. 5. 2 Cor. i. 24.

V. Ni bhfuil Seanaidh no Ard-Chomh
 arladha re einni do laimbsiughadh no
 do chriochnughadh, achd n
 † *Egglasda.* † a bhineas don Eaglais
 agus ni bhfuilid re beantair
 re Cuisibh Saoghalta * an Stata choitchinn
 muna hann mar le Hiartas umhal a Ccuisibh
 airid, no le a Ngcomhairle chum Toil
 iughadh don Choinias, ma ghairmear chuig
 sin iad leis an Uachdaran Shaoghalta f.

f Luc. xii. 13, 14. Eoin xviii. 36.

C A I B. XXXII.

*Mu Staid Dhaoine an diaigh Bais, agus m
 Eiseirighe na Marbh.*

I. **A** Ta Cuirp Dhaoine an diaigh Bais a
 tilleadh chum Uir, agus ag faicfi
 Truailidheachd a; achd air bheith da Nam
 mannaibh (nach fuigh Ba
 † *Suibhsisteint.* agus nach coidil) * † Seaf
 mhuidheachd neamhbha
 mhur do bheith aca, ataid air ball ag tillead
 dionnsuigh DE do thug uaidhe e b. A
 bheith do Anmannaibh na Bhfireunacha, a
 sin air na ndeanamb foirfe ann Naomb
 thach

a Geine. iii. 19. Gníomh. xiii. 36. b Luc
 xxiii. 43. Seannor. xii. 7.

achd, ataid air na ngabhail a stigh chum
na Neamhaibh is airde, ann a bhfuilid ag
aicfin Gnais DE ann a Solus agus ann a
Gloir, ag feitheamh re Lan-Shaoirse a
Ngcuirp *c*: Agus ata Anmanna na Naingidh
air na nteilgeadh a Nifrionn, far a bhfan
iad ann a Bpiantaibh agus an Dorchadas
omalach, air na ngleitheadh chum Breith-
amhnas an Lae Mhoir *d*. A thuileadh air
an da Aite so, do Anmannaibh air na nscar-
hadh re a Ncorpaibh, ni bhfuil an Scriop-
uir ag admhail Ait air bith eile.

d Eabhr. xii. 23. 2 Cor. v. 1, 6, 8.
Philip. i. 23. maille re Gaiomh. iii. 21. agus
Ephes. iv. 10. *d* Luc. xvi. 23, 24. Gniomh.
. 25. Jude rann 6, agus 7. 1 Phead. iii.
19.

II. Ni bhfuigh iadsan do gheabhthar beo
an La Dheighionach Bas, achd bithid air a
Natharrughadh *e*: agus bithidh na Mairbh
aile air na ndusgadh suas, leis na Corpaibh
eadna, agus ni hann le Corpaibh air bith
aile, ge gur hann le atharrach
Buaidheadh, agus bithidh na † *Gail*.
Cuirpse aris air na ngcur re a Nan-
nannaibh go siorruidhe *f*.

e 1 Tessal. iv. 17. 1 Cor. xv. 51, 52. *f* Job
six. 26, 27. 1 Cor. xv. 42, 43, 44.

III. Bithidh Cuirp na Neimhfhireunacha
air na ndusgadh suas le Cumhachd Chrìosd
chum Easonoir; agus Cuirp na Bhfireunacha
air na dusgadh suas le na Spiorad chum

Onoir, agus air na ndeanamh comhchof-
mhuil re na Chorp Glormhar fein *g*.

g Gníomh. xxiv. 15. Eoin v. 28, 29. 1 Cor.
xv. 43. Philip. iii. 21.

C A I B. XXXIII.

M'an Bbreitheamhnas Dheighionach.

I. **D**O orduigh DIA La ànn a dtabhairt
se Breith air an Tsaoghal a Ccear-
tas, le Iosa Críofd *a*, da dtug an Tathair
gach uile Chomas agus Bbreitheamhnas *b*.
Agus ann san La sin, bheirtheair Breith, ní
amhain air na Hainglibh a thuit o a ngcead
Staid *c*, achd mar an gceadna thig na huile
Dhaoine a lathair Chathire Bbreitheamhnais
Críofd, chum Cunntas do thabhairt uatha
iona Nsinuaintighibh, iona Mbriathraibh,
agus iona Ngiomharthaibh; agus chum ge-
bhfaigheadh siad do reir na rinneadh leo san
Cholann, mas Maith no Olc *d*.

a Gníomh xvii. 31. *b* Eoin v. 22, 27. *c* 1 Cor.
vi. 3. Jude rann 6. 2 Phead. ii. 4. *d* 2 Cor. v.
10. Seannor. xii. 14. Romh. ii. 16. Romh.
xiv. 10, 12. Matt. xii. 36, 37..

II. A si an Chríoch man dorduigh DIA
an La so, Foillsiughadh Gloire a Throcaire,
ann an Slainte Shíorruidhe na Ndaoine Tagh-
ta: agus Gloire a Cheartais ann an Dam-
nadhuna druinge rer chuireadh cul, an
dronn sin ata aingidh agus easumhal. Oir
an sin imeochaid na Fireunuigh chum na

Beatha

eatha Suthainn, agus gheabh siad an Iom-
ine sin Daoibhneas agus Dfionnfhuaradh,
thiuefas o Lathair an Tighearna: Achd
thidh na Haingidh, do nach aithne DIA,
agus nach bhfuil umhal do Shoifgeul Iosa
riosd, air na nteilgeadh ann a Bpianntaibh
orruidhe, agus bheirthear Peanus orra le
grios shiorruidh o Lathair an Tighearna,
agus o Ghloir a Chumhachd e.

e Matt. xxv. 31, go deireadh an Chaibidil.
omh. ii. 5, 6. Romh. ix. 22, 23. Matt. xxv.
1. Gniomh. iii. 29. 2 Tessal. i. 7, 8, 9, 10.

III. Mar is ail le Criosd sinne do bheith
indeimhin go mbi La Breitheamhnais ann,
raon chum sga do char air na huile Dhaoin-
bh roimh Pheacaidh; agus chum tuileadh
olais do na Daoinibh Diaghaidh iona
lamhghar f: As amhluidh is ail leis, an
a ud do bheith a Nainbhfios do Dhaoidibh,
hum go ngcrothadh siad diobh

ach uile † Neamhchuram Fheol- † *Shocair.*
thar, agus go mbiod siad do

ghnath ag faire, bhrigh nach bhfuil Fios
ca cia an Uair ann a dtig an Tighearna:

agus chum go mbiodh siad do ghnath ull-
thaighthe do radh, *Tig a THIGHEARNA*

OSA, Tig go baithghear, AMEN g.


f 2 Phead. iii. 11, 14 2 Cor. v. 10, 11.

Tessal. i. 5, 6, 7. Luc. xxi. 27, 28. Romh.

iii. 23, 24, 25. g Matt. xxiv. 36, 42, 43,

4. Marc xiii. 35, 36, 37. Luc. xii. 35, 36.

Galil. xxii. 20.



ATAICHIOSM

FOIRLEATHAN,

Do an LEABHAR CEAST-
NUIGHE IS Mo;

Air an do Reitigh air ttus COIMH-
THIONOL na NDIAGHAIREADH,
aig NIARMHOINISTER ann
SASGAN:

Ais an Daontuigh ARD-SEANADH
EAGLAISE na HALBANN,

Chum a bheith na Chuid egin, do
Choimbreitigh Creidimh, edir Eaglaisibh
CHRIOSD annsna Tri Rioghachdaibh.

Clod bhuailt' agus r'an Reic le JOHN
O R R, Leabhair-reiceadoir. Ann


GAS-GHO. M, DCC, LVII.

ACT of the General Assembly, Approving of the Larger Catechism.

THe general assembly, having exactly examined, and seriously considered the larger catechism, agreed upon by the assembly of divines, sitting at *Westminster*, with assistance of commissioners from this kirk, copies thereof being printed, and sent to presbyteries for the more exact trial thereof, and publick intimation being frequently made in this assembly, that every one that had any doubts or objections upon it, might put them in; Do find, upon due examination thereof, that the said catechism is agreeable to the word of God, and in nothing contrary to the received doctrine, worship, discipline and government of this kirk, a necessary part of the intended uniformity in religion, and a rich treasure for increasing of knowledge among the people of God: And therefore the assembly, as they bless the LORD, that so excellent a catechism is prepared, so they approve the same as a part of uniformity; agreeing for their part, that it be a common catechism for the three kingdoms, and a directory for catechising such as have made some proficiency in the knowledge of the grounds of religion.

A. KER:

A N



A N

CATAICHIOSM

FOIRLEATHAN,

No an LEABHAR CEASTNUIGHE
IS Mo;

Air an do Reitigh air attus COIMH-
THIONOL na NDIAGHAIREADH,
aig NI ARMHOINISTER ann
SASGAN:

Leis an Daontuigh ARD-SEANADH
EAGLAISE na HALBANN, Chum
a bheith na Chuid cigin, do *Choimhreitigh*
Creidimh, edir Eaglaisibh CHRIOSD
annsa Tri Ríoghachdaibh.

Ceisd 1. **C**Reud i Ard-Chríoch Afrid an
Duine?

Freagradh. A sí Ard-Chríoch Afrid an
Duine DIA a ghlórughadh *a*,
agus a lan-Mhealtuin go futhain *b*.

a Romh xi. 36. i Cor. x. 31. *b* Salm lxxiii.
24, go deireadh an Tsáilm. Eoin 17. 21, 22, 23.

C. 2 Creud iad na neithe sin ata ag tair-
beineadh go foilleir go bhfuil DIA ann?

F. Ata an Solus Nadardha fein ta san

116 *An Ccataichas m Foirleathan.*

Duine, agus Oibrighe DE, ag taisbeineadh go foilleir go bhfuil DIA an *c*; achd a siad Fhocal agus a Spiorad amhain, ata ag foillsiughadh DHE go diongmhalta agus go heifeachdach do Dhaoineibh chum a Nslainte *d*.

c Romh. i. 19, 20. Salm xix. 1, 2, 3. Gniomh. xvii. 28. d 1 Cor. ii. 9, 10. 2 Tim. iii. 15, 16, 17. Isai. lix. 21.

C. 3. Creud e Focal DE?

F. A siad Scriobtuiridhe Naomhtha an Tseintiomna agus an Tiomna Nuaidhe Focal DE *e*, an taon Riaghail Creidimh agus Umhlachda *f*.

e 2 Tim. iii. 16. 2 Phead. i. 19, 20. 21. *f* Eph. ii. 20. Foills. xxii. 18, 19. Isai. viii. 20. Luc. xviii. 29, 31. Gala. i. 8, 9. 2 Tim. iii. 15, 16, 17.

C. 4. Creud iad na neithe ata ag foilleiriughadh, gur hiad na Scriobtuiridhe Focal DE?

F. Ataid na Scriobtuiridhe sein ag foilleiriughadh gur hiad Focol DE, trid a Mordhachd *g*, a Mhfiorghlaine *h*, Coimbreite gach Cuid diobh re a cheile *i*, an Crioche agus an bhfuil siad uile, cadhón, an Uile Chloir a thabhairt do DHIA *k*; agus mar an gceadna trid a Nsolus agus a Ngcumbachd chum Peacacha * do thabhairt faoi Mhothughadh,

g Hof. viii. 12. 1 Cor. ii. 6, 7, 13. Salm cxix. 18, 129. h Salm xii. 6. Salm cxix. 140. i Gniomh. x. 43, Gniomh. xxvi. 22. *k* Romh. iii. 19, 27.

An Ccataichiosm Foirleathan. 117

ghadh agus do iompodh, chum Comhfhur-
achd a thabhairt do Chreidmheachaibh,
agus * a ngeur suas chum Slainte l: achd
se Spiorad DE amhain, ag deanamh Fiagh-
nuise tre na Scriobtuiribh agus le^o, ann a
Scroidhe Dhuine, ata comasach air a lainbh-
achdughadh gur biad Focal DE fein m.

l Gniomh. xviii. 28. Eabhr. iv. 12. Seam i.
t 8. Salm xix. 7, 8, 9. Romh. xv. 4. Gniomh.
xx. 32. m Eoin xvi. 13, 14. I Eoin ii. 27.
Eoin. xx. 31.

C. 5. Creud ata na Scriobtuiridhe ag tea-
gasg go hairid?

F. Ataid na Scriobtuiridhe ag teagasg go
hairid, na neithe is coir don Duine a
chreidsin mu DHIA, agus na Dleasdanas
ata DIA ag iarruidh air an Duine n.

n 2 Tim. i. 13.

C. 6. Creud ata na Scriobtuiridhe ag foill-
ieghadh mu DHIA?

F. Ataid na Scriobtuiridhe ag foilliegh-
adh mu DHIA, creud e DIA o, Pearsuin na
DIADHACHD p, Orduighe DE q, agus
Doimhionadh na Norduighe sin r.

o Eabhr. xi. 6. p I Eoin v. 5, 7. q Gniomh.
v, 14, 15, 18. r Gniomh. iv. 27, 28.

C. 7. Creud e DIA?

F. DIA is Spiorad e s, ann fein agus de
fein Neimhchriochnuigheach ann a Mbioth t,

G 5

ann

s Eoin iv. 24. t Exod. iii. 14. Job xi. 7,
9.

118 *An Ccataichiosm Foirleathan.*

ann a Ngloir *u*, ann a Nfonas *w*, agus ann a Niomlaine *x*; Uiledhiongmhalta *y*, Biothbhuan *z*, Neamhchláochlaidheach *a*, * nach seofir go biomlan a thuigfin *b*, Uile^athair-each *c*, Uilechumhachdach *d*, Uilfhiosrach *e*, Roighlic *f*, Ronaomh *g*, Roicheirtbhreathach *h*, Rothrocaireach agus Roghrasmhur, Fadfhuingtheach, agus Iomlan do Mhaitheas agus Dfhirinne *i*.

u Gniomh. vii. 2. *w* 1 Tim. vi. 15; *x* Mat. v. 48. *y* Geine. xvii. 1. *z* Salm xc. 2. *a* Mal. iii. 6. Seam. i. 17. *b* 1 Riogh. viii. 27. *c* Salm cxxxix, o rann 1, go rann 14. *d* Foills. iv. 8. *e* Eabhr. iv. 13. Salm cxlvii. 5. *f* Romh. xvi. 27. *g* Isai. vi. 3. Foills. xv. 4. *h* Deut. xxxii. 4. *i* Exod. xxxiv. 6.

C. 8. An bhfuilid tuile Dee an ach Aon ?

F. Ni bhfuil ann achd Aon amhain, an DIA Beo Fíor *k*.

k Deut. vi. 4. 1 Cor. viii. 4, 6. Jerem. x. 10.

C. 9. Cia líon Pearsa ata san DIADHACHD ?

F. Ataid Tri Pearsa san DIADHACHD an Tathair, an Mac, agus an Spiorad Naomh agus an Triarsa is Aon DIA Fíor Biothbhuar

iad, d'aon Nádur, coimeas a Neumhachd agus do gach Pearsa fa leith. Ngloir, ge go bhfuil Eidir dhealadh thaobh † a Mbuaidhibh Pearsunta /

C. 10

1 1 Eoin v. 7. Matt. iii. 16, 17. Matt xxviii. 19. 2 Cor. xiii. 14. Eoin v. 30.

C. 10. Creud iad Buaidheadha Pearfunta
n Triar Pearfa san DIADHACHD ?

F. Buinidh fa leth don Athair an Mac a
heineamhuin *m*, agus don Mhac bheith air
a gheinamhuin leis an Athair *n*, agus don
piorad Naomh teachd on Athair agus on
Mhac o uile Bhiothbhuanachd *o*.

m Eabhr. i. 5, 6, 8. *n* Eoin. i. 14, 18.
Eoin xv. 26. Gala. iv. 6.

C. 11. Cia as is foilleir go bhfuil an Mac
agus an Spiorad Naomh na NDIA, coimhneas
is an Athair ?

F. Ataid na Scriobtuiridhe ag foilleiriugh-
dh go bhfuil an Mac agus an Spiorad
Naomh na NDIA, coimhneas ris an Athair,
e bheith ag tabhairt doibh

a Hainmeanna *p*, † na †no, agus ag ainm-
Buaidheadha *q*, na nuighadh orra.

Ioibrighe *r*, agus an

Gadhradh sin a bhuineas do DHIA amhain *s*.

p Ifai. vi. 3, 5, 8. maille re Eoin xii. 41,
agus Gníomh. xxviii. 25. I Eoin v. 20. Gníomh.

3, 4. *q* Eoin i. 1. Ifai. ix. 6. Eoin ii. 24,
5. I Cor. ii. 10, 11. r Coloff. i. 16. Geine.

2. f Mat. xxviii, 19. 2 Cor. xiii. 14.

C. 12. Creud iad Orduigh DE ?

F. A siad Orduigh DE Gníomha glic,
aor, agus naomhtha, do Chomhairle a
Ghoile *t*, le ndo romhorduigh se go neamh-
hlaochlaidheach, o uile Bhiothbhuanachd,
chum

t Ephes. i. 11. Romh. xi. 33. Romh. xi.
4, 15, 18.

chum a Ghloire fein gach einni ata tarla,
 † san Tlaoghalla u, go
 † ann a Naimfir. hairid mu Ainglibh agus
 Dhaoinibh.

u Ephes. i. 4, 11. Romh. ix. 22, 23. Salm
 xxxiii. 11.

C. 13. Creud sin a dorduigh DIA go
 hairid mu Ainglibh agus Dhaoinibh ?

F. Do thagh DIA le Ordugh Shiorruidh
 neambhchlaochlaidheach, o a Shaor-Ghradh
 fein, chum Cliu a Ghras Glormhar (re beith
 air na dheanamh follus a Nam iomchubh-
 aidh) cuid do na Haingil chum Gloire w;
 agus do thagh se ann a Gcriosd cuid do
 Dhaoine chum na Beatha Suthain agus chum
 Meadhoinibh na Beatha sin x; Agus mar
 an gceudna do reir a Chomas Ard-Uach-
 darach agus Comhairle neamhscrudaigheach
 a Thoile (leis a bhfuil se ag leigeadh Fhabhur
 amach no ga chongmhail air ais mar is ail
 leis) do leig se feachad agus do romhord-
 uigh se an chuid eile chum Easoir agus
 Feirg, re na ndtabhairt orra air son a
 Mbreacaidh chum Cliu Gloire a Cheartais y.

w 1 Tim. v. 21. x Ephes. i. 4, 5, 6.
 2 Tessal. ii. 13, 14. y Romh. ix. 17, 18, 21,
 22. Matt. xi. 25, 26. 2 Tim. ii. 20. Jude
 rann 4. 1 Phead. ii. 8.

C. 14. Cionnas ata DIA ag cur a Ordugh-
 eadh a ngniomh ?

F. Ata DIA ag cur a Orduigheadh a
 ngniomh

gniomh ann a Noibrighibh an Chruthaigh-
dh, agus an Fhreasdail, do
reir a Roimh-Eolas † nach † *Neimhmheall-
feud dul a mearachd, agus tuigheach.*
Comhairle shaor agus
neamhchlaochladhach a Thòile fein z.

z Ephes. i. 11.

C. 15. Creud i Obair an Cruthaighidh ?

F. A si sin Obair an Chruthaighidh, leir
rinn DIA san Tosach, do Neimhni, le Focal
a Chumhachda an Saoghal agus na huile
Neithe ata ann, air a shon fein, a nuine Se
Laethe, agus iad uile ro-mhaith a.

a Geine. caibideal 1, go hiomlan. Eabhr. xi.

3. Seanfhoc. xvi. 4.

C. 16. Cionnas do chruthaigh DIA na
Haingil ?

F. Do chruthaigh DIA na Haingil
uile b, na Nspiorada c, Neamhbhasmhur d,
Naombtha e, ag tabhairt barr ann a Neolas f,
Cumhachdacha ann a Neart g, chum Aith-
eantasan do chur a ngniomh,
agus Ainmsin do mholadh h, † *Sochlaach-
achd gidheadh † Claochladh-
ladhach.*
ach i.

b Colof. i. 16. c Salm civ. 4. d Matt.
xxii. 30. e Matt. xxv. 31. f 2 Samu.
xiv. 17. Matt. xxiv. 36. g 2 Tessal. i. 7.
h Salm ciii. 20, 21. i 2 Phead ii. 4.

C. 17. Cionnas do chruthaigh DIA an
Duine ?

F. An diaigh do DHIA na huile Chreutuireadh eile a dheanamh, do chruthaigh se an Duine Fear agus Bean *k*, do dhealbh se Corp an Fhir do Uir na Talmhann *l*, agus Corp na Mna do Afna an Fhir *m*, agus do chuir se ionnta Anmanna Beodha, Riasunta, agus Neambbhasmhur *n*, do rinn se iad do reir Iomhaigh fein *o*, ann a Neolas *p*, Fireuntachd, agus Naomhthachd *q*, air bheith do Lagh DHE aca scriobhtha iona Ngcroidhibh *r*, agus Comas da choimhlonadh *s*, maille re Uachdranachd oscionn na Gcreutuireadh *t*, gidheadh do fheudfadh siad tuitim *u*.

k Geine. i. 27. *l* Geine. ii. 7. *m* Geine. ii. 22. *n* Geine. ii. 7, maille re Job xxxv. 11. agus Seanmoir xii. 7, agus Matt. x. 28, agus Luc. xxiii. 43. *o* Geine. i. 27. *p* Colof. iii. 10. *q* Eph. iv. 24. *r* Romh, ii. 14, 15. *s* Seanmoir. vii. 29. *t* Geine. i. 28. *u* Geine. iii. 6. Seanmoir. vii. 29.

C. 18. Creud iad Oibrighe Freasdail DE ?

F. A siad Oibrighe Freasdail DE go bhfuil se go Ronaomhtha *w*, go Roighlic *x*, agus go Rochumhachdach ag Coimhead *y*, agus ag Riaghladh, na nuile Chreutuireadh *z*, ga Nstiubhradh uile agus a nuile Gniomhartha fos *a*, chum a Ghloire fein.

w Salm cxlv. 17. *x* Salm civ. 24. Isai. xxviii. 29. *y* Eabhr. i. 3. *z* Salm ciii. 19. *a* Mat. x. 29, 30, 31. Geine. xlv. 7. *b* Romh. xi. 36. Isai. lxiii. 14.

C. 19. Creud e Freasdail DE thaobh 'na Naingeal ?

F. Do

An Ccataichiosm Foirleathan. 123

F. Do fhuiling DIA le na Fhreasdal cuid
egin do na Haingil a thuitim ann a Bpeacadh
agus ann Damnadh, go toileoil agus gun
aca teachd uaidhe a bhfeasd *c*; air bheith
dho ag cuimsiughadh agus ag riaghladh fo
agus a Mbpeacaidh uile, chum a Ghloire
fein *d*; agus do dhaingnigh se an chuid
eile dhiobh ann Naomhthachd agus Sonas *e*,
ag deanamh Foghnaimh dhiobh uile *f*, mar
is ail leis, ann a Fritheoladh a Chumhachda,
a Throcaire, agus a Cheartais *g*.

c Jude rann 6. 2 Phead. ii. 4. Eabhr. ii. 16.
Eoin viii. 44. *d* Jobi. 12. Mat. viii. 31. *e* 1 Tim.
v. 21. Marc viii. 30. Eabhr. xii. 22. *f* Salm
civ. 4. *g* 2 Riogh. xix. 35. Eabhr. i. 14.

G. 20. Creud bu Fhreasdal DE ann,
thaobh an Duine, san Staid ann do chruth-
aigheadh *e*?

F. Be Freasdal DE thaobh an Duine san
Staid ann do chruthaigheadh *e*, gur shuidh-
igheadh *e* ann a Bparrdhas; go dorduigh-
eachd dho, sin do dheasughadh; go dtugadh
dho Comas ithidh do Thoradh na Tal-
mhann *h*; gur chuireadh na Creutuiredha
fa na Uachdranachd *i*; agus go dorduigh-
eachd an Bposadh chum a Chuidighe *k*; go
dtug se dho Comhch. munn reis fein *l*; go
dorduigheadh an Tfabaid *m*; gur rinneadh
Coimhcheangal Beatha ris air Chumhnant

go
h Geine. ii. 8, 15, 16. *i* Geine. i. 28.
k Geine. ii. 18. *l* Geine. i. 26, 27, 28. Geine.
iii. 8. *m* Geine. ii. 3.

go dtugadh se iona Phearsa fein Umblachd Iomlan Shiorbhuan do DHIA *n*, ni air an raibh Craobh na Beatha mar Chombartba Daingnighe *o*; agus gur thoirmisgeadh einni ithe do Chraoibh Eolais an Mbaith agus Uile faoi Phainneachas Bais *p*.

n Gala. iii. 12, Romh. x. 5. *o* Geine. ii. 9. *p* Geine. ii. 17.

C. 21. An dfan an Duine san chead Staid sin ann do chruthaigh DIA e?

F. Air bheith dargcead Sinnsearaibh air na mbfagbhail go Saoirse a Ntoile fein, do bhris siad Aithne DHE, tre Buaidhreadh an Aidhbhirseoir, san Mheas toirmisgthe ithe, agus thrid sin do thuiteadar *o* Staid na Neimhchiontachd ann do chruthaightheadh iad *q*.

q Geine. iii. 6, 7, 8, 13. Seanmoir. vii. 29. 2 Cor. xi. 3.

C. 22. An do thuit an Cinneadh Daonna uile ann san chead Sheachran sin?

F. Air bheith don Choimhcheangal air no dheanamh re *Adhamb* mar † *Puibligh*. Dhuine † Coitcheann, ni amhain air a shon fein, achd fos air son a Shliochd, an Cinneadh Daonna uile do thainig a nuas uaidhe tre Geineolughadh gnathuighthe *r* do pheacuigh siad annsan, agus do thuit siad maille ris, ann san chead Sheachran ud *s*.

C. 23.

r Gniomh. xvii. 26. *f* Geine. ii. 16, 17, maille re Romh. v. 12, go nuige rann 20, agus 1 Cor. xv. 21, 22.

C. 23. Creud an Staid ann dtug an Leagadh n an Cinneadh Daonna?

F. Do thug an Leagadh ud an Cinneadh Daonna go Staid Peacaidh agus Truaighe t. t Romh. v. 12. Romh. iii. 23.

C. 24. Creud e Peacadh?

F. A se an Peacadh

Easbhadh air bith o † *Ditbreite air*
sheith do reir Lagh air *bith re Lagh air*
bith DHE a thug se mar *bith DHE, &c.*
Riaghail don Chreutuir
Rialunta, no Briseadh air bith air an Lagh
in u.

u i Eoin iii. 4. Gala. iii. 10, 12.

C. 25. Creud e Peachtuidheachd na Staide in ann do thuit an Duine?

F. A se Peachtuidheachd na Staide sin ann do thuit an Duine, Cionta chead Pheacaidh *Abhainn w*, Easbhadh na Fireuntachd sin ann do chruthaigheadh e, agus Truaillidheachd a Nadur, tre a bhfuil se air na dhean- amh go tur neimhiomchubhaidh, neimh- chomalach, agus contrardhach, do gach einni ata Maith go Spioradalta, agus go hionlan a' comadh chum an uile Ole, agus sin do ghnath x; da ngoirthear go coitchionn *Peacadh Gem*, agus o a bhfuil na huile *Pheacaidh Gniombha* ag teachd y.

C. 26.

w Romh. v. 12, 19. x Romh. iii. 10, go nuig rann 20. Ephes. ii. 1, 2, 3. Romh. v. 6. Romh. viii. 7, 8. Geine. vi. 5. y Seam. i. 14, 15. Matt. xv. 19.

C. 26. Cionnas ata an Peacadh Gein air na iomchradh o ar Ccead Sinnsearaibh d'ionnsuighe a Nflioched ?

F Ata an Peacadh Gein air na iomchradh o ar Ccead Sinnsearaibh d'ionnsuighe a Nflioched, tre Geineolughadh Nadardha, air chor as go bhfuil a lion is ata ag teachd uatha air an doigh so, air na ngeineamhuin agus air na mbreath ann a Bpeacadh z.

z Salm li. 5. Job xiv. 4. Job. xv. 14. Eoin iii. 6.

C. 27. Creud Truaighe a thughadh trid an Leagadh sin air an Chinneadh Daonna ?

F. Thug an Leagadh ud air an Chinneadh Daonna Caill a Ncomhchomuinn re **DIA a**, a Dhiomdha agus a Mhallachd, air chor as a thaobh Naduir gur Clann na Feirge sinn **b**, agus Daorthrailiidhe don Aidhbhirseoir **c**, agus go bhfeudfar ann a Cceartas, gach uile Pheanus san Tsaoghalsa, agus san Tsaoghal ata re teachd, a thabhairt oruinn **d**.

a Geine iii. 8, 10, 24. b Ephes. ii. 2, 3. c 2 Tim. ii. 26. d Geine. ii. 17. Caoi Jerem. iii. 39. Romh. vi. 23. Matt. xxv. 41, 46. Jude rann 7.

C. 28. Creud iad Peanuisidh an Pheacaidh san Tsaoghalsa ?

F. Ataid Peanuisidh an Pheacaidh san Tsaoghalsa, cuid diobh a dtaobh a stigh, eadh on Daille Intinne **e**, Tuigse neimhcheillidh **f**,

Meall-

e Ephes. iv. 18. **f** Romh. i. 28.

An Ccataichiosm Foirleathan. 127

Mealltoireachda chumhachdacha *g*, Cruas Croidhe *h*, Uathbhas Coguisfe *i*, agus Mianna graineamhla *k*; agus cuid eile dhiobh a dtaobh a muigh, eadhon Mallachd DHE air na Creutuiredha air ar foinne *l*, agus na huile Uile eile ata ag tarla dhuinn ionar Gcorpaibh, Ainmnibh, Maoin, Daimhibh, agus Gnothuighibh *m*, agus maille riu fo an Bas fein *n*.

g 2 Tessal. ii. 11. *h* Romh. ii. 5. *i* Isai. xxxiii. 14. Geine. iv. 13. Matt. xxvii. 4. *k* Romh. i. 26. *l* Geine. iii. 17. *m* Deut. xxviii. 15. go nuig Crioich an Chaibidil. *n* Romh. vi. 21. 23.

C. 29. Creud iad Peanuisidh an Pheacaidh san Tsaoghal ata re teachd?

F. A siad Peanuisidh an Pheacaidh san Tsaoghal ata re teachd, Scarthadh siorruidhe oLathair sholasach DHE, agus Piantaidh rodhor- † *gan edirleigeadh*, uineach † *gan stad*, ann a no, *gan fhois*.

Nanam agus a Gcorp, a Nifrionn go siorruidhe *o*.

o 2 Tessal. i. 9. Marc ix. 44, 46, 48. Luc. xvi. 24.

C. 30. An bhfuil DIA ag fagbhail an Chinneadh Daonna uile da mbeith cailte ann a Staid an Pheacaidh agus na Truaighe?

F. Ni bhfuil DIA ag fagbhail an Chinneadh Daonna uile da mbeith cailte ann a Staid an Pheacaidh agus na Truaighe *p*, ann do

p 1 Tessal. v. 9.

do thuit siad tríd Briseadh an chead Choimhcheangail, da ngoirthear go coitcheionn *Coimhcheangal Oibrighe q*; achd ata se o a shaor Ghradh agus Throcair ag teasairgin a Dhaoine taghta as an Staid sin, agus ga ntabhairt chum Staid Slainte, tríd an dara *Coimhcheangal*, da ngoirthear go coitcheionn *Coimhcheangal an Ghras r*.

q Gala. iii. 10, 12. r Tit. iii. 4, 5, 6, 7. Gala. iii. 21. Romh. iii. 20, 21, 22.

C. 31. Cia ris do rinneadh *Coimhcheangal an Ghras* ?

F. Do bhi *Coimhcheangal an Ghras* air na dheanamh re Críost mar an dara *Adhamh*, agus annsan ris na Daoinibh taghta uile mar Shliochd dho *f*.

f Gala. iii. 16. Romh. v. 15, go deireadh an Chaibidil. Ifai. liii. 10, 12.

C. 2. Cionnas at Gras DHE air na fhoillsiughadh san dara *Coimhcheangal* ?

F. Ata Gras DHE air na fhoillsiughadh san dara *Coimhcheangal*, thaobh go bhfuil se go saor ag fceasdladh agus ag tairgse do Pheacachaibh Eidirmeadhonhoir *t*, agus Beatha agus Slainte da thrídsin *u*; agus ag iarraidh Creidimh mar Chumhnant chum Coir do bheith aca air *w*; ag gealladh agus ag tabhairt a Spiorad Naomh *x*, da Dhaoinibh Taghta uile, chum an GCreideamh sin *a*,
maille.

t Geine. iii. 15. Ifai. xlii. 6. Eoin vi. 27.
u i Eoin i. 11, 12. w Eoin iii. 16. Eoin i. 12.
x Seanfhoc. i. 23. a 2 Cor. iv. 13.

maille ris na huile ghrasaibh slainteamhuil eile *b*, oibriughadh ionta, agus a nceanamh Comasach chum gach uile Umhlachd namhtha *c*, mar dhearbhtadh foilleir air firinn a nGcreidimh *d*, & a mbuidheachois do DHIA *e*, agus mar an tflighe, a dor-duigh esin chum Slainte *f*.

b Gala. v. 22, 23. *c* Esek. xxxvi. 27. *d* Shem. ii. 8, 22. *e* 2 Cor. v. 14, 15. *f* Eph. ii. 10.

C. 33. An raibh Comhcheangal an Ghrais air na Fhritheoladh do ghna, air Eindoigh?

F. Ní nraibh Comhcheangal an Ghrais air na fhritheoladh air eindoigh, Achd do bheith a fhritheolaidhte faoi ntsceintiomna, do ghne eile seach mar ataid faoi ntiomna Nuaidhe *g*.

g 2 Cor. iii. 6, 7, 8, 9.

C. 34. Cionnas do bheith Comhcheangal an Ghrais, air na Fhritheoladh faoi 'ntsein Tiomna?

F. Do bheith Comhcheangal na nGras, air na Fhritheoladh faoi 'ntsceintiomna, tríd Geallomhnaibh *h*, Faighideoireachdaibh *i*, Iodhbairteadh *k*, Tiomchillghearradh *l*, Uan Paschail *m*, & Samhludhaibh & Ordunanfa eile, do bheith uile ag Ciallughadh roimhlaimh Criosd an sin re teachd, & do bheith san aimsir úd diongmhalta chum cur suas na Daoine Taghta, anna an Ccreideamh san Mheflia

h Romh. xv. 8. *i* Gniomh. iii. 20, 24. *k* Eabhr. x. 1. *l* Romh. iv. 11. *m* 1 Cor. v. 7.

Mhessiah a Ghealladh *n*, tre a nraibh san Uair ud aca, lan Mhaitheamhnas Peacaidh, & Slainte Shiorruidh *o*.

n Eabhr. caib. viii. 9, 10. Eabhr. xi. 13. *o* Gala. iii. 7, 8, 9, 14.

C. 35. Cionnas ata Comhcheangal an Ghrais air na fhritheoladh faoi nTiomna Nuadh?

F. Faoi an Tiomna Nuadh, an tan a d' foillsigheadh Criosd, Briogh na Neithe ud, do bheith, agus ata doghna an Comhcheangal Grais ud fein, air na fhritheoladh, & re na fhritheoladh, ann a nSeanmoiriughadh an Fhocail *n*, & a bhfritheoladh Sacraimuinteachd an Bhaistidh *o*, & Suipeir an Tighearna *p*, iona bhfuil Gras & Slainte, air na ntaisbeunadh, ann tuilleadh Iomlaineachd, Soilleireachd, & Bifeachd, do na huile Fhineachaibh *q*.

n Maith. x. 7. *o* Maith. xxviii. 19, 20. *p* I Cor. xi. 23, 24, 25. *q* 2 Cor. iiii. 6. gu hiomlan. Eabhr. viii. 6, 10, 11. Maith. 28. &.

C. 36. Cia e Edir Mheadhointhoir Choimhcheangail an ghrafa?

F. As e Edirmeadhonthoir Choimhcheangail an ghrafa an Tighearna Iosa Criosd Amhain *r*, Ncach air bheith dho na Mhac siorruidh do DHIA, d'aon

† Nadur ris an Athair, & † *Substant.*

Coimhmeas do *s*, A Niomlai-

neachd na Haimfire, do rinneadh e na

r I Tim. ii. 5. *s* Eoin i. 1, 14. & x. 30.

Phil. ii. 6.

Dhuine

Dhuine *t*, & mar sin do bheith & ata se
g Maireachduin na DHIA & na Dhuine
ann da Nadur iomlan, Edirdhealuighte, &
t nein Phearsain a mfeasda *u*.

t Gala. iv. 4. u Luc. i. 33. Roimh ix. 5.
Col. ii. 9. Eabhr. vii. 14.

C. 37. Air bheith do Chrìosd na DHIA,
Lionnas do rinneadh e na Duine ?

F. Do rinneadh Crìosd Mac DHE na
Dhuine, le Corp fìor agus Anam riasunta
i Ghabhail chuige fein *w*, Air bheith dho
air na ghineamhuin trid Cumhachd an Spìo-
